



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**



# Coimisean na Croitearachd

Aithisg is Cunntasan Bliadhnail  
2016-2017

Aithisg Bhliadhnail 2016-2017

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba fo Earrann  
2B agus Sgeideal 1, paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan (Alba)  
1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd  
Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 agus Achd  
Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd  
Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2013.

**Don Fhìor Urramach Nicola Sturgeon**  
**Prìomh Mhinistear A Mòrachd**

A Phrìomh Mhinisteir, a Bhanacharaid

Tha e na urram dhuinn an ceathramh Aithisg Bhliadhnail  
le Cunntasan aig Coimisean na Croitearachd a' buntainn  
ris a' bhliadhna 2016 gu 2017 a thoirt seachad.

Leis gach deagh dhùrachd



Ruairidh MacCoinnich, Neach-gairm



Uilleam Barron, Ceannard

SG/2017/105



Coimisean na Croitearachd  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,  
Inbhir Nis, IV3 8NW  
Fòn:01463 663439

# Clàr

Aithisg air Dèanadas	2
Sealladh Farsaing	2
Cò sinne agus dè nì sinn	4
Sgrùdadh air Dèanadas	5
Sealladh air ionmhas na bliadhna 2016-17	5
Amasan na h-obrach againn	7
Na thug sinn gu buil cheana	8
Mar a tha sinn ga dhèanamh	10
Atharrachadh air an dòigh sam bi sinn ag obair	11
Na Com-pàirtichean againn	12
Croitean Beò	14
Cùil-chinn air an Riaghladh	16
Riaghlaiche a tha Ceart agus Èifeachdach	18
Cunntasan Bliadhnail 2016-17	21
Aithrisean Ionmhais 2016-17	45

# Aithisg air Dèanadas Sealladh Farsaing

Facal-toisich bho Neach-gairm agus bho  
Cheannard Coimisean na Croitearachd



Uilleam Barron



Ruairidh MacCoinnich

Is e bliadhna dhoirbh a bha ann an 2016-17 do Choimisean na Croitearachd. Ann an 2015 bha e air caochladh ghearanan fhaighinn bho luchd-pàirteachaidh mu chuid de na comataidhean-feuraich, agus chaidh an Coimisean a-steach a' feuchainn ris an lagh a chumail suas agus deagh chleachdadh a bhrosnachadh. Bha mòran den bheachd, ge-tà, gun deach an Coimisean thar na còrach mar a làimhsich iad e agus dh'adhbharaich an càineadh poblach a thàinig an dèidh sin sgaradh an taobh a-staigh a' Bhùird fhèin. Fad dreis, chaill am Bòrd an t-aonadh a dh'fheumas a bhith aig a h-uile Buidheann Phoblach Neo-riaghaltais ann an Alba.

B' e àm doirbh a bha seo do na Coimiseanairean agus dhan luchd-obrach gu lèir. San Fhoghar 2016, bha sùil nam meadhanan air duilgheadasan a' Bhùird air gabhail thairis air na ceistean a bha ann bho thùs mu chomataidhean-feuraich. Anns an t-suidheachadh seo, dh'iarr Rùnaire a' Chaibineit air Scott-Moncrieff ath-

bhreithneachadh a dhèanamh air an Riaghladh againn, às an tàinig aithisg aca sa Ghearran 2017. Faicibh Ceistean Cudromach mu Riaghladh air Duilleag 33.

Tha sinn a' creidsinn gu bheil an neart a nochd a' bhuidheann san àm seo na dheagh theist air cruth bunaiteach a' Choimisein agus an luchd-obrach ann. Rud a tha ionmholta, tha na Coimiseanairean is an luchd-obrach le chèile a' cumail orra a' tarraingeach a-mach na dleastanasan riaghlachail is eile aca rè na h-ùine seo ann am modh dreuchdail agus ris an uair. Chùm bun-reachd, modhan agus siostaman a' Choimisein gu daingeann cuideachd, leis na h-easbaidhean a sshònraicheadh ann an aithisg Scott-Moncrieff sa bheag-chuid. Thathar air plana- gnìomha a chur an sàs gus a dhèanamh cinnteach gun tèid aghaidh a chur air na puingeann agus gun tèid ìre àrd de riaghladh a chumail am broinn na buidhne. Tha seo a' nochdadh a' phrìomhachais a bheir an luchd-stiùiridh do Rianachd air Gàbhadh.



Ann an dòighean eile, b' e bliadhna de dh'adhartas beag is beag a bha ann an 2016-17. Bha càirdeas làidir againn fhathast le luchd-croitearachd agus Riaghaltas na h-Alba, a' dol an sàs leotha ann an deasbaireachd mu tha air fàire do phoileasaidh is reachdas a' bualadh air croitearachd. Chaidh an Siostam ùr Fiosrachaidh mu Croitean a leudachadh barrachd is a leasachadh, agus dh'fhàs luchd-riaghlaidh gu math teòma ann a bhith ga chleachdadh. A bharrachd air seo, thug am Bòrd ùghdarras co-dhùnaidhean a ghabhail do dh'oifigearan agus thàinig mar thoradh air an dà ghnìomh seo leasachadh air cho èifeachdach agus a bhios sinn a' toirt chùisean air adhart. Tha am Bòrd ag obair an-dràsta gus ùghdarras a thoirt ach a-mhàin mu na cùisean as connspaidiche. Rinn sinn an cunntas-sluaigh bliadhna air croitearachd cuideachd agus chuir sinn an cunntas-sluaigh gach còig bliadhna air feurach air bhog.

Tha na prìomh ghnìomhan is euchdan againn sa bhliadhna a chaidh seachad, agus mar a chuireas iad ri Toraidhean Nàiseanta 'Alba a' Gníomhadh', gan comharrachadh air Duilleag 8. Tha na prìomh ghàbhaidhean ron eagrachadh gan toirt san Aithris mu Riaghladh air Duilleagan 27 gu 33.

Faisg air deireadh 2016, chùm sinn caochladh thaisbeanaidhean poblach mu na sgìrean-

croitearachd, gus cuideam a chur air obair a' Choimisein agus gus daoine a bhrosnachadh a dhol nan Coimiseanairean. Chuir na taisbeanaidhean seo bunait ri Taghaidhean na Croitearachd ann an 2017, a chumadh gu geur sa chuid as motha de dh'àiteachan, às an tàinig mar thoradh sianar Choimiseanairean ùra air an taghadh, ri dhol còmhla ris na coimiseanairean eile, Dàibhidh Caimbeul, Calum MacMhathain agus Seumas Scott. Chùm na 9 coimiseanairean a tha ann an-dràsta coinneamh a' chiad uair mar Bhòrd air 29 Màrt 2017 agus, am measg nithean eile, chur iad miann làidir an cèill gum biodh barrachd conaltraidh fhosgailte is fhollaisiche ann eadar an Coimisean agus na croitearan.

Le ochdnar Choimiseanairean ùra a' tighinn air a' Bhòrd eadar am Faoilleach is am Màrt, tha cothrom dhuinn ann an 2017 beachd às ùr a ghabhail air ar cuid thàbhachdan is amasan agus tha e san amharc againn barrachd leasachaidh a thoirt air an riaghladh againn air croitearachd agus cumail oirnn a' cur leas na croitearachd air adhart.

Bill Barron



Uilleam Barron Ceannard Ruairidh MacCoinnich Neach-gairm



# Cò sinne agus dè nì sinn

Is e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a tha ann an Coimisean na Croitearachd a bhios ag obrachadh bho latha gu latha gu neo-eisimeileach air an riaghaltas, ach a tha na eagrachadh a tha an urra ri Riaghaltas na h-Alba air a' cheann thall.

Tha Coimisean na Croitearachd air a dhèanamh suas de shianar Choimiseanairean air an taghadh bho àiteachan sna sgìrean-croitearachd, agus triùir Choimiseanairean air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Tha luchd-obrach de dh'aon 57 aig a' Choimisean, gan stiùireadh le Ceannard, a tha ga chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.

Is e a' phrìomh obair a tha aig Coimisean na Croitearachd riaghladh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, cur leas na croitearachd air adhart agus cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd. Ann an obrachadh nan dreuchdan againn feumaidh sinn a bhith mothachail air cho cudromach agus a tha e slugh a ghleidheadh agus a' bhuidheann a bheir atharrachaidhean air an fhearann fharsaing fo chroitearachd air seasmhachd croitearachd.

Tha an Achd a' cur mar dhleastanas air a' Choimisean sgrùdadh a dhèanamh cuideachd air briseadh dhleastanasan le croitearan nan luchd-gabhail agus sealbhadairean nan còmhnaidh.

## An t-adhbhar againn

Siostam na croitearachd a riaghladh mar as còir agus gu reusanta gus a dìon airson nan ginealach ri tighinn.

## An sealladh againn

A bhith mar riaghlaidhe treòrach a bhios a' cleachdadh nan cumhachdan aige gus taic a chur ri siostam na croitearachd.

---

## Na luachan againn

Tha luachan corporra a' Choimisein a' nochdadh na tha cudromach dhuinn mar bhuidheann agus tha iad aig cridhe mar a bhios sinn a' feuchainn ri obrachadh bho latha gu latha.



Dealas mun obair againn



Aire do na coimhearsnachdan agus don àrainneachd againn



Ag obair gu deimhinneach mar sgioba



Rùn ri càileachd agus rudan a dhèanamh nas fheàrr



Ionnsaich Oidich Tionnsgain

# Sgrùdadh air Dèanadas

## Sealladh air ionmhas na bliadhna 2016-17

### Dèanadas Buidseit 2016-17

Thug Riaghaltas do Choimisean na Croitearachd buidseat (air a bheil Aonad Caiteachais Roinneil no ACR) de £2.489M (£2.589M 2015-16) gus caiteachas-airgid £2.447M (£2.547M 2015-16) a chòmhdach gus luchd-obrach, cosgaisean-obrachaidh eile agus £0.042M (£0.042M 2015-16) do chosgaisean nach eile nan cosgaisean-airgid mar ìsleachadh is lùghdachadh.

Dh'obraich Coimisean na Croitearachd a rèir an riarachaidh-airgid aige airson 2016-17 le bhith a' tarraing a-nuas £2.437M (£2.540M 2015-16) de riarachadh £2.447M (£2.547M 2015-16).

San t-Sultain 2016 chaidh buidseat a bharrachd de £0.025M a bhuileachadh air Coimisean na Croitearachd, air a thoirt seachad a dh'aon ghnòthach mar ghoireas gus clàr-taghadh Taghaidhean na Croitearachd 2017 a thoirt seachad. Cha robh riatanas sam bith ann gin sam bith den t-sùim seo a tharraing a-nuas ri linn nam mearachdan a thaobh rianachd a dh'èirich à Siostam ùr Fiosrachaidh nan Croitean.

Is e a' chis a tha ann air ìsleachadh is lùghdachadh ann an cunntasan 2016-17 £0.082M (£0.075M 2015-16), a tha a' dol seachad air an riarachadh air £0.042M (£0.042M 2015-16) le £0.040M (£0.033M 2015-16). Tha Riaghaltas na h-Alba air dearbhadh gun tèid an riarachadh-buidseit seo ath-bhreithneachadh airson nam bliadhnaichean ri teachd.

Thug Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 caochladh dhleastanasan is obraichean ùra a-steach. Tha teachd-a-steach eile de £0.229M (£0.371M 2015-16) mar mhaoineachadh fo bhrùthadh a fhuair an Ceannard gus raointean sònraichte caiteachais a mhaoineachadh, mar libhrigeadh a' chunntais-shluaigh chroitearachd agus làimhseachadh iarrtasan gus croitean a chlàradh às leth Clàran na h-Alba.



### Aithris mu ghnòthach a' dol air adhart

Tha am Bòrd agus an t-Oifigeir Cunntachail air beachd a ghabhail air air a' bhuidseat agus air an riarachadh de thabhartas gus cuideachadh na lùib airson 2016-17 agus tha iad den bheachd gu bheil goireasan gu leòr aig Coimisean na Croitearachd gus leantail air ag obrachadh an-dràsta. Tha na cunntasan gan ullachadh uime sin mar ghnòthach a' dol air adhart.

### Cùisean sòisealta, coimhearsnachd agus còraichean daonna

Air an aon ràmh ri Riaghaltas na h-Alba, tha Coimisean na Croitearachd air còraichean sòisealta agus eaconamach a chur aig cridhe a' phlana chorporra againn. Thathar air dleastanas sònraichte a chur oirnn fo Achd 2010 gu:

- Taic a chur ri gleidheadh an t-sluaigh
- A bhith mothachail air seasmhachd croitearachd
- Co-obrachadh le buidhnean com-pàirteachais airson leas sòisealta agus eaconamach nan coimhearsnachdan-croitearachd.





# Amasan na h-obrach againn

## Toraidhean Nàiseanta

Tha na toraidhean corporra againn air an cur ri chèile gus Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba am broinn Roinnleachd Eaconamach Riaghaltas na h-Alba a libhrigeadh.

Tha sinn a' cur ri còig de na Toraidhean Nàiseanta.

Daingnichidh libhrigeadh nan toraidhean a' chroitreachd, nan daoine is nan coimhearsnachdan a' cur rithe, san àm ri teachd, agus luach is buannachd phoblach an t-siostaim fa leth seo de sheilbh-fearainn.



Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan a tha air an deagh dhealbhadh is seasmhach far an tèid againn air cothrom fhaighinn air na goireasan is na seirbheisean air a bheil feum againn



Tha coimhearsnachdan againn a tha làidir, daingeann is taiceil far an gabh daoine uallach airson nan gnìomhan aca agus mar a bhios iad a' toirt buaidh air daoine eile



Tha sinn a' cur luach air agus a' gabhail tlachd às an àrainneachd againn, air a togail no nàdarra, agus ga dìon airson nan ginealach ri teachd



Tha sinn a' lùghdachadh na buaidh a bheir ar cuid caitheimh is dèanadais air an àrainneachd gu h-ionadail is gu cruinneil



Tha na seirbheisean poblach againn den chiad ìre, èifeachdach agus a' freagairt air feumalachdan muinntir an àite

B' e 2016-17 a' bhliadhna mu dheireadh den Phlana Chorporra trì bliadhna againn, le Plana ùr còig bliadhna gu bhith air fhoillseachadh airson 2017-2022.

## Na Toraidhean Corporra Againn



### Toradh 1

Tha na croitean uile air an rianachd, air an àrach gu math no air an cur gu feum buannachdail iomchaidh eile



### Toradh 2

Tha gach cùl-cinn ga riaghladh agus is e cleachdaidhean air an roinn a thaobh rianachd an àbhaist



### Toradh 3

Tha reachdas èifeachdach againn a thaobh croitearachd a bhuineas dhan latha an-diugh, a tha iomchaidh agus a rèir feumalachdan luchd-croitearachd agus nan amasan nàiseanta san ùine fhada



### Toradh 4

Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart agus èifeachdach

# Na thug sinn gu buil cheana

Ann an 2016-17, chomharraich am Plana-gnìomhachais againn caochladh chlach-mìle bunaitich a bha sinn ag iarraidh toirt gu buil a chuidicheadh rinn obrachadh gus na Toraidhean Corporra againn a libhrigeadh.

<p><b>Toradh a h-Aon</b></p> <p>Tha a h-uile croit fo sheilbh, air a rianachd agus a h-àrach gu math no air a cur gu feum buannachdail iomchaidh eile</p>	<p><b>Dleastanasan Croitearachd</b></p> <p>Dh'atharraich sinn am modh-obrach far an gabh an Coimisean an t-uallach airson leigeil chroitean agus ghabh sinn a' chiad cheum gus am modh ùr a chur an sàs agus a dhèanamh cunbhalach. Thòisich sinn deasbad cuideachd le uachdarain phrìobhaideach mu bhith ag obair leotha gus aghaidh a chur air ceistean sam bith mu chòmhnaidh no mu sheilbh air na h-oighreachdan aca.</p> <p><b>Cunntas-sluaigh Croitearachd</b></p> <p>Chaidh an treas cunntas-sluaigh croitearachd a chur a-mach le ceann-latha 31 Màrt 2017.</p>
<p><b>Toradh a Dhà</b></p> <p>Tha gach cùl-cinn ga riaghladh agus is e cleachdaidhean air an roinn a thaobh rianachd an àbhaist</p>	<p><b>Cunntas-sluaigh Feuraich</b></p> <p>Chuir sinn a' chiad Chunntas-sluaigh Feuraich air bhog anns a' Mhàrt 2017.</p> <p><b>Riaghailtean Feuraich</b></p> <p>Dh'obraich sinn le luchd-pàirteachaidh rè na bliadhna gus an teamplaid ùr mu Riaghailtean Feuraich is mun stiùireadh nan cois a chur ri chèile gus àite nan Comataidhean-feuraich a shoilleireachadh agus deagh chleachdadh obrachaidh a stèidheachadh.</p>
<p><b>Toradh a Trì</b></p> <p>Tha reachdas èifeachdach againn a thaobh croitearachd a bhuineas dhan latha an-diugh, a tha iomchaidh agus a rèir feumalachdan luchd-croitearachd agus nan amasan nàiseanta san ùine fhada</p>	<p><b>Taghaidhean Croitearachd</b></p> <p>Dh'obraich sinn le Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar mar thaic ris na dara Taghaidhean Croitearachd, a' toirt seachad fios mar a dh'iarrar agus a' cur Clàr an Luchd-taghaidh ri chèile.</p> <p><b>Reachdas Croitearachd</b></p> <p>Chùm sinn oirnn ag obair le Fòram Luchd-croitearachd gus an obair a rinneadh air na còig tàbhachdan a thoirt air adhart, rud a chuireas cruth air ullachadh reachdais ùir sam bith. Ghabh sinn pàirt cuideachd ann an seiseanan aig Comataidh Dhùthchail Eaconamaidh is Cheanglaichean air Croitearachd agus bùithean-obrach a chùm Riaghaltas na h-Alba mun Bhile ùr.</p>
<p><b>Toradh a Ceithir</b></p> <p>Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart agus èifeachdach</p>	<p><b>Leasachadh air Pròiseas</b></p> <p>Chùm sinn oirnn leis an Ath-bhreithneachadh air pròiseasan Riaghlachail gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' gèilleadh gu h-iomlan don reachdas a tha ann an-dràsta agus cho èifeachdach agus a ghabhas a rèir sin.</p> <p><b>Dèanamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte</b></p> <p>Chùm sinn oirnn a' cur a-mach tiomnadh dèanamh cho-dhùnaidhean do dh'oifigearan.</p> <p><b>Rianachd air Clàran</b></p> <p>Dh'aontaich sinn na Poileasaidhean againn mu Fhastadh agus thòisich sinn air modhan ùra a thaobh Rianachd air Clàran.</p> <p><b>Leasachadh Corporra</b></p> <p>Leasaich sinn a' chiad cheum de dhòigh-dèiligidh Leasachaidh Chorporra aig a bheil e mar amas dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach dèanadais aig ìre àrd againn.</p>

Na Tàbhachdan Againn	Ceuman Toraidh	Inbhe
<b>Ath-bhreithneachadh air Siostam is Pròiseas</b> <b>TOROIDHEAN CORPARRA: A H-AON, A DHÀ IS A CEITHIR</b>	Lùghdachadh air an ùine gus co-dhùnadh a ghabhail air iarrtasan riaghlachail do chroitean clàraichte	
	Lùghdachadh 45% air an ùine gus iarrtasan gus croitean a chlàradh a chrìochnachadh	
	Lùghdachadh 4% air àireamh nan gearanan don Choimisean a chumadh suas	
	Àrdachadh 10% air àireamh nan amas air duilleag nan Riaghailtean Feuraich air an làrach-lìn	
	Lùghdachadh air àireamh nan ceistean san fharsaingeachd ris an do dhèilig an luchd-obrach	
<b>Cuir ri fianais</b> <b>TOROIDHEAN CORPARRA: A H-AON, A DHÀ IS A TRÌ</b>	Lùghdachadh 25% air an ùine gus bileagan cunntas-sluaigh air an lìonadh a làimhseachadh	
	Obair le Ministearan na h-Alba gus ìre nan croitean falamh a lùghdachadh	
	Lùghdaich ìre nan croitean falamh far a bheil an Coimisean air an gabhaltas a thoirt gu crìch	
<b>Atharraich an dòigh sam bi sinn ag obair</b> <b>TOROIDHEAN CORPARRA: A H-AON, A DHÀ IS A TRÌ</b>	Lùghdachadh air a' chostas gus faidhlichean a chumail an tasgadh	
	Lùghdachadh air àireamh nam freagairtean fadalach fo Shaorsa an Fhiosrachaidh	
	Àrdachadh air sàsachadh luchd-obrach anns an fharsaingeachd	
	Lùghdachadh air ìrean luchd-obrach às an làthair le tinneas	
	Stèidhich ùine chuibheasach gus dreuchdan bàna lìonadh	

**Treòir:**

Air a thoirt gu buil



Air a leasachadh



Air a ghleidheadh



Gun a bhith air a thoirt gu buil

Chaidh obair-ullachaidh nach bu bheag a dhèanamh a dh'ionnsaigh nan ceum Toraidh mar a sheallar mar "Air a Ghleidheadh" am-bliadhna. Bhiomaid an dùil mar sin gun rachadh toraidhean air seo a leigeil fhaicinn ann an 2017-18.

**Ceistean agus Gàbhaidhean**

Tha rianachd air gàbhadh air a neadachadh air feadh a' Choimisein gus a dhèanamh nas fhasa gàbhaidhean ann an amasan mu ghnìomhachas a thoirt gu buil a shònrachadh is a lasachadh. Tha Clàr nan Gàbhaidhean ga ath-bhreithneachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, agus air nochdadh an uair sin ris a' Bhòrd. Faicibh Aithris mu Riaghladh air duilleag 30.

# Mar a tha sinn ga dhèanamh

## A' Cumail Fios ri Riaghaltas na h-Alba

Tha uallach air Coimisean na Croitearachd sùil a chumail anns an fharsaingeachd air cùisean ceangailte ri croitean agus ri cor na croitearachd.

A rèir seo, bidh sinn a' toirt freagairt air co-chomhairleachadh a' bualadh air croitearachd is cleachdadh an fhearainn, rud a ghabh a-steach am-bliadhna:

- Freagairt air Plana Leasachaidh Ionadail Ghallaibh is Chataibh
- Freagairt air Plana Leasachaidh Ionadail Taobh Siar na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Freagairt air Sgòpadh Seallaidh Ro-innleachdail airson an Fhearainn Àird; Dualchas Nàdair na h-Alba, an Dàmhair 2016
- Tagradh gu Comataidh Dhùthchail, Àrainneachd is Cheanglaichean Phàrlamaid na h-Alba – Ath-bhreithneachadh air Tàbhachdach airson Ath-leasachaidh air Lagh na Croitearachd
- Co-chomhairleachadh mu tha air Fàire don Choilltearachd ann an Alba

Am-bliadhna cuideachd chaidh an treas Cunntas-sluaigh Croitearachd a sgaoileadh. Tha uallach reachdail air Coimisean na Croitearachd fo Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 (an Achd) brath a thoirt do chroitearan aithris bhliadhnail a thoirt mu chor na croite aca agus a bheil iad a' cumail ris na dleasan a tha orra, tro Chunntas-sluaigh na Croitearachd. Leughaidh tuilleadh air duilleag 15.

Chuir an Achd riathanas ùr air comataidhean-feuraich cuideachd aithris a thoirt a h-uile còig bliadhna or cor nan cùl-cinn aca, cor gach croite aig croitearan nan luchd-gabhail no nan luchd-seilbh nan còmhnaidh le roinn san fheurach agus air cùis sam bith eile a' bualadh air a' chùl-chinn no croitearachd ann am baile-fearainn sam bith ceangailte ris an fheurach. Chaidh a' chiad chunntas-sluaigh feuraich a chur air bhog am-bliadhna.

Cuidichidh an cunntas-sluaigh croitearachd is feuraich le chèile gus dealbh soilleir a thoirt air cor na croitearachd an-dràsta agus cur air chomas don Choimisean a chuireas ris an fhianais mu luach na croitearachd. Leis an fhiosrachadh a gheibhear, thèid aig a' Choimisean air ceistean a thig mu choinneimh na croitearachd a thuigsinn is a thogail.

## Cùisean Uaine

Tha targaidean adhartach aig Riaghaltas na h-Alba gus carban a lùghdachadh anns an roinn phoblaich agus tha an Coimisean, ged a tha e na eagrachadh beag an taca ri cuid, air a bhith an sàs. Tha an aithris mu chùisean uaine am-bliadhna a' cur cuideim am feum a tha aig Coimisean na Croitearachd poileasaidhean uaine a stèidheachadh agus an socrachadh mar chuid de chleachdaidhean na buidhne. Is fhiach ainmeachadh bhon a tha sinn nar luchd-gabhail ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir, gu bheil an togalach an urra ri Dualchas Nàdair na h-Alba; mar sin chan urrainn dhan Choimisean ach aghaidh a chur air cùisean air an taobh a-staigh leithid cleachdadh ghoireasan, siubhail is mothachalachd.

Ged a tha obair nach beag againn ri dhèanamh gus cùisean Uaine a stèidheachadh ann an obraichean làitheil a' Choimisein, tha caochladh thionnsgnaidhean mu lùghdachadh air cleachdadh ghoireasan a ghabhas dèanamh bho chaidh Siostam Fiosrachaidh nan Croitean agus leasachaidhean teicneòlach a-steach leithid cleachdadh iPad, a dh'adhbharaich tòrr caomhnaidh ann an cleachdadh pàipeir is cosgaisean le chèile, a ghabhail os làimh.

Tha pròiseactan mu mhothachalachd air a bhith a' dol air adhart dreis a-nis agus cumaidh iad orra sa bhliadhna a tha romhainn. Bha an Coimisean an sàs ann an Seachdain Cliomaide na h-Alba san t-Sultain a chaidh agus shoirbhich gu math leis nuair a dh'obraich an Coimisean le DNA, Slighean do na h-Uile, Bòrd na Gàidhlig, TNT Logistics, Muinntir MhicDhonnchaidh, Aonadh-ciùird PCS agus Colaiste Chantraybridge, a chuir cuideam air ceistean coitcheann mun àrainneachd. Cumaidh an Coimisean air a' leasachadh nam poileasaidhean aige a thaobh na h-àrainneachd gus cuideachadh gus aghaidh a chur air atharrachadh-clìomaide agus a bhith nas uaine mar eagrachadh.

## Coimhearsnachd agus Carthannas

Tha Coimisean nan Croitearachd ag aithneachadh nam buannachdan a bheir obair sna coimhearsnachdan agus mar charthannas leis an sgioba don choimhearsnachd anns an fharsaingeachd. Tha sinn a' cur taice ris an fheadhainn a tha ag iarraidh cùisean coimhearsnachd no carthannais a ghabhail os làimh agus a' moladh an sgioba againn airson nan oidhirpean fa leth aca. Cuideachd, thèid aig an sgioba air dol an sàs ann an sgeama 'thoir mar a gheibhear' agus cuibhreann den tuarastal aca do na carthannais as fheàrr leotha. Thog an luchd-obrach mu £800 am-bliadhna airson nam buidhnean-carthannais a thagh iad.

# Atharraich an dòigh sam bi sinn ag obair

## Dèanamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte

An-uiridh, dh'atharraich sinn an dòigh sam bi sinn a' làimhseachadh chùisean simplidh gu dèanamh cho-dhùnaidhean tiomnaichte. Am-bliadhna shìn an Coimisean tiomnadh dèanamh cho-dhùnaidhean do dh'oifigearan gus na nithean a leanas a ghabhail a-steach:

- Iomlaid chroitean no cuid de chroitean
- Meudachadh chroitean
- Leigeil chroitean bàna le uachdaran no croitear na sheilbheadair na chòmhnaidh
- Dì-chroiteadh cuid de chroit
- Dì-chroiteadh croite air fad (nuair a bhuineas e do làrach-taighe iarmadach)
- Roinneadh
- Cleachdadh a' chùil-chinn air adhbhar eile
- Sìneadh, no mùthadh air coingheall, airson a bhith às an làthair bhon chroit

Ro bhliadhna na h-aithisge, dh'aontaich an Coimisean cuideachd gun rachadh na dreuchdan seo a leanas a thiomnadh ann an 2017-18, aon uair is gun robhar air na paramaidearan mu thiomnadh aontachadh:

- Roinneadh le neach-gabhail
- Roinneadh le croitear na shealbhadair na chòmhnaidh
- Roinneadh le tiomnaiche no croitear nach maireann – roinneadh gus dà chroit ùra no barrachd dhiubh a chruthachadh
- Moladh a thaobh leigeil le uachdaran
- Moladh a thaobh leigeil le croitear na sheilbheadair na chòmhnaidh
- Leigeil cuid de chroit le uachdaran
- Leigeil le cuid de chroit le croitear na shealbhadair na chòmhnaidh
- Cleachdadh a' chùil-chinn air adhbharan coilltearachd
- Ath-bhreithneachadh air roinneadh.

Thathar air beachd a ghabhail air còrr is 600 de shuidheachaidhean fo mhodh tiomnadh dèanamh cho-dhùnaidhean agus tha an Coimisean ag obair air tiomnadh nan cùisean uile ach an fheadhainn chonnspaideach.

## Siostam Fiosrachaidh nan Croitean

Chaidh barrachd leasachaidh a dhèanamh air an t-Siostam tron bhliadhna gus barrachd riaghailteachd a thoirt air na pròiseasan againn. Fear de na ceumannan eile a bhios ann iarrtasan air an Lìon a thoirt a-steach air na h-adhbharan riaghlachail againn.

Tha leasachadh Clàr nan Croitean air an Lìon a' dol gu math. Cuiridh seo air chomas don phoball cothrom dìreach a bhith aca air an fhiosrachadh a ghleidheas sinn, agus tha e san amharc againn gum bi seo ann an gnìomh ri linn na bliadhna a tha romhainn.

## Measadairean

Tha lìonra de 84 Measadairean aig a' Choimisean an-dràsta air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus iad air an cur an dreuchd an an 2012. Bidh an dreuchd fad 5 bliadhna na cheangal luachmhor don Choimisean ri luchd-croitearachd. Choinnich Coimiseanairean ri Measadairean anns an sgìre ionadail aca ceangailte ris na Taisbeanaidhean Poblach Croitearachd.

Tha dreuchd a' Mheasadair air atharrachadh ri tìde. Ged nach iarrar beachdan orra ann an cùisean fa leth a thuilleadh, tha Measadairean nan goireas luachmhor agus is urrainn dhaibh cuideachadh ris a' Choimisean gus ceistean ionadail a thuigsinn. Tha an comas ann an lìonra a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt seachad air nithean mar chleachdadh fearainn nas fheàrr sna coimhearsnachdan-croitearachd, fèill air croitean ann an ceàrnaidhean sònraichte agus gnìomhachd ann an coimhearsnachdan-croitearachd.

Chuir an Coimisean roimhe sìneadh a chur ri ùine nam Measadairean a tha ann an-dràsta agus thèid pannel ùr fhastadh as t-Earrach 2018.

# Na Com-pàirtichean againn

Tha rùn aig a' Choimisean a bhith ag obair leis an luchd-phàirteachaidh ann an croitearachd gus croitearachd a dhaingneachadh anns an ùine air thoiseach.

## Clàr na Croitearachd

Tha Clàr na Croitearachd ga chumail suas le Neach-gleidhidh Clàran na h-Alba. Bho 1913 tha clàradh ann an Clàr nan Croitean air a bhith èigneachail an dèidh do rudan sònraichte thachairt. Tha Clàr na Croitearachd stèidhichte air mapaichean agus e na chlàr deimhinne den ìre de dh'fhearann an taobh a-staigh seilbhean croitearachd agus an com-pàirt san fhearann sin. A bharrachd air nochdadh crìochan fearainn, tha fiosrachadh anns a' chlàr cuideachd mu chroitear agus/no mu uachdaran na croite clàraichte.

Anns a' chiad dol a-mach, tha iarrtas gus croit a chlàradh ga dhèanamh gu Coimisean na Croitearachd agus nì sinn coimeas eadar am fiosrachadh san iarrtas airson clàradh agus am fiosrachadh ann an Clàr Croitean a' Choimisein. Bidh sinn ag obair gu dlùth le Clàran na h-Alba gus clàradh a thoirt air adhart agus an Clàr fhèin a chur air adhart.

Chaidh 1,300 de chroitean agus 34 de chùil-chinn a chlàradh eadar an Giblean 2016 agus am Màrt 2017.

## Sealladh airson Croitearachd

Chaidh Fòram Luchd-croitearachd a stèidheachadh ann an 2014 le Riaghaltas na h-Alba air iarrtas bhon luchd-phàirteachaidh. Is e an t-adhbhar a tha aige beachd a ghabhail air leas luchd-croitearachd agus mar a nì croitearachd ceangal ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba mu chroitearachd. Tha riochdairean air an Fhòram bho chaochladh bhuidhnean aig a bheil ùidh ann an croitearachd.

Chomharraich am Fòram caochladh thàbhachdan a chuidicheas gus a' chroitearachd a dhaingneachadh: taic ri luchd-tòiseachaidh, meudachadh air taigheadas air am faodar ruigsinn, leasachadh air croitearachd agus tionnsgnaidhean

ionmhasail. Tha an Coimisean a' cumail air ag obair leis an Fhòram gus an obair a nithear air na còig tàbhachdan airson croitearachd a thoirt air adhart, rud a chuidicheas gus cruth a chur air an ullachadh airson reachdais ùir sam bith.

Stèidhich an Coimisean Buidheann-obrach Chùil-cinn cuideachd. Is e amas na buidhne teamplaid ùr a chruthachadh airson riaghailtean chùil-cinn agus treòrachaidh nan cois. Thathar air iad seo atharrachadh a rèir na tha Achd nan Croitearan (Alba) 1993 ag ràdh a dh'fheumar cur an cois riaghailtean mu na cùil-chinn. Mus deach cruth deireannach a chur air na riaghailtean agus am moladh dhan Choimisean, chùm a' Bhuidheann-obrach co-chomhairleachadh poblach, a thàinig gu crìch 31 Cèitean 2017.

## Bòrd Lìbhrigeadh Chùisean Dùthchail, Bidhe agus Àrainneachd

Bidh an Ceannard againn, Uilleam, Bill Barron, a' frithealadh air a' Bhòrd a bheir còmhla Riaghaltas na h-Alba agus luchd-ceannais bhuidhnean-gnìomha poblach an sàs ann an cùisean dùthchail, coilltearachd agus san àrainneachd. Bidh am Bòrd a' gabhail beachd air ceistean ro-innleachd is lìbhrigidh le chèile, agus air gnìomh gus brùchdaidhean gas nan taighean-glainne lùghdachadh.

## Buidheann Thar-phàrtaidh Pàrlamaid na h-Alba air Croitearachd

Bidh riochdairean bhon Choimisean a' frithealadh gu cunbhalach air a' Bhuidhinn Thar-phàrtaidh air Croitearachd, far am bi raon farsaing de cheistean a' bualadh air croitearachd ga dheasbad le Buill, croitearan agus buidhnean an sàs ann an croitearachd. Am measg nan cuspairean air an do ghabh a' Bhuidheann beachd ann an 2016-17 bha atharrachaidhean air reachdas mu chroitearachd agus riaghladh a' Choimisein.



### **Comataidh Eaconamaidh agus Cheanglaichean Dùthchail**

Bidh a' Chomataidh a' sgrùdadh mholaidhean a thaobh poileasaidh ceangailte ri cùisean dùthchail, còmh-dhail is ceanglaichean. Bidh a' Chomataidh a' ceangal ri raon farsaing de luchd-pàirteachaidh, a' gabhail ri fianais nach beag bhon fheadhainn an sàs agus a' cur sgrùdaidh a tha daingeann, teòma, èifeachdach agus a bheir buaidh an sàs ann am poileasaidh, a' tighinn gu beachd agus a' dèanamh mholaidhean.

Gus cuideachadh gus aghaidh a thoirt air cuid de na duilgheadasan a thig air croitearan, ghabh an Coimisean ath-bhreithneachadh air tàbhachdan mu leasachadh air an laigh mu chroitearachd os làimh anns an Dàmhair an-uiridh, nuair a chuala iad fianais bho luchd-croitearachd, an Coimisean nam measg. Chaidh an Aithisg aca fhoillseachadh anns a' Mhàrt 2017 agus bidh i mar chuid chudromach den leasachadh air an reachdas mu chroitearachd anns an ùine romhainn.

### **Taghaidhean Croitearachd**

Sa Mhàrt 2017, chaidh na dara Taghaidhean Croitearachd a chumail gus sianar Choimiseanairean ùra a thaghadh air Coimisean na Croitearachd. Ro na taghaidhean, dh'obraich sinn le Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar gus an taghadh a chur air adhart, a' toirt seachad fios mar a dh'iarradh e agus a' cur Clàr an Luchd-taghadh an altaibh a chèile.

### **Taisbeanaidhean Poblach Croitearachd**

Chùm an Coimisean caochladh Taisbeanaidhean Poblach ann an co-bhonn ri Caidreachas Croitearachd na h-Alba, Aonadh Nàiseanta nan Tuathanach ann an Alba, Clàran na h-Alba agus Luchd-comhairle Colaiste Àiteachais na h-Alba aig deireadh 2016. B' e prìomh adhbhar Taisbeanaidhean 2016 cuideam a chur air na taghaidhean croitearachd agus air cùisean bunaiteach eile ceangailte ri croitearachd.

# Croitean Beò

Tha an Coimisean a' cur adhart a bhith a' còmhnaidh air croitean, mar thaic gus an sluagh a ghleidheadh, agus deagh rianachd air fearann tro àiteachas is chumail suas fearann-croitearachd.

## Clàr nan Croitean

Tha an Coimisean a' cumail a Chlàir Croitean fhèin a ghleidheas fiosrachadh air ainm, àite, màl agus ìre gach croite, an neach-gabhail, an t-uachdaran agus còraichean sam bith a thathar a' cumail anns a' chùl-chinn. Ma cheannaichear croit agus ma dh'fhuiricheas roinnean sam bith sa chùl-chinn na lùib orra an seilbh ann an gabhail, tha na roinnean gam meas a bhith nan croit annta fhèin agus tha inntrinn fa leth air a' Chlàr mar chroit aca.

Mar thoradh air toraidh cunntas-sluaigh croitearachd 2016, chaidh còrr is 5000 atharrachadh a dhèanamh air a' Chlàr.

## Còmhnaidh agus Cleachdadh-fearainn

Tha dleastanas an dà chuid air croitearan nan luchd-gabhail agus nan seilbhadairean nan còmhnaidh gèilleadh don dleastanas reachdail:

- A bhith a' fuireach air, no an taobh a-staigh 32cm bhon chroit aca
- Gun droch dhìol no dearmad a dhèanamh air a' chroit
- A' chroit àrach is a chumail suas.

Ma thèid fairtleachadh gèilleadh do ghin sam bith de na dleastanasan seo a nochdadh ris a' Choimisean ri neach-croitearachd, comataidh-feuraich no Measadair, tha dleastanas oirnn sgrùdadh a dhèanamh.

Am-bliadhna, chaidh còig suidheachaidhean de bhriseadh a thaobh còmhnaidh, droch dhìol no dearmad a chur an cèill dhan Choimisean. Tha an Coimisean cuideachd a' sealltainn an-dràsta air gabhail 11 de croitean a leigeil nuair nach deach iarrtas mu mholaidhean a thaobh leigeil bho croitearan nan seilbhadairean nan còmhnaidh nach do ghèill ris an dleastanas mu chòmhnaidh aca, no bho uachdaran air croit fhalamh, a chur a-steach a rèir a' chlàir-ama a chaidh a shònrachadh leis a' Choimisean.

Tha an cunntas-sluaigh croitearachd air croitearan a dhèanamh nas mothachaile air na dleastanasan reachdail a tha orra agus cuideam a chur air na roghainnean a tha ann dhaibh gus an suidheachadh fhuasgladh.

## Àireamhan-sluaigh (Air an toirt bho Chlàr nan Croitean aig a' Choimisean)



## Aois croiteir mar chuibheas

0-20 bliadhna dh'aois	0.23%
21-40 bliadhna dh'aois	10.94%
41-60 bliadhna dh'aois	39.83%
61-80 bliadhna dh'aois	39.36%
81+ bliadhna dh'aois	9.64%



## Àireamh nan croitean air Clàr nan Croitean aig a' Choimisean

	Earra Ghàidheal is Bòd	Gàidhealtachd	Comhairle nan Eilean Siar	Inbhir Àir a Tuath	Arcaibh	Sealtainn	Iomlan
Fo ghabhail	458	6263	6072		64	2041	14898
Ann an seilbh	342	3605	224	1	390	1106	5668
							<b>20566</b>

### Cunntas-sluaigh Croitearachd

Tha dleastanas laghail air croitearan Cunntas-sluaigh na Croitearachd a lìonadh a-steach agus a chur air ai chun a' Choimisein. Chaidh 76% de dh'fhoirmichean a' chunntais-shluaigh ann an 2016 a chur air ais, le 17,471 foirmichean air an cur a-mach agus 13,315 air an cur air ais. Bha seo na àrdachadh mu 3% air 2015.

### Fèin-riaghladh

Bidh an Coimisean a' brosnachadh croitearan gu bhith a' tuigsinn nan dleastanasan aca agus a bhith gan riaghladh fhèin gus an tagh iad dè thachras dha na croitean aca mura bi iad a' cumail ris na dleastanasan aca. Faodaidh an Coimisean agus lìonra nam Measadairean againn comhairle a thoirt do chroitearan mu na roghainnean a tha ann dhaibh.

### A-mach às an fheadhainn a chuir foirm a' chunntais-shluaigh aca air ais, bha:



# 85%

a thuirt gu bheil iad a' fuireach air a' chroit aca



# 82%

a thuirt gum bi iad ag àrach is a' cumail na croite aca air neo gum bi iad ga cur gu feum buannachdail eile



# 76%

a thuirt nach d'rinn iad dearmad no droch dhiol air a' chroit aca

# Cùil-chinn air an Riaghladh

Tha cleachdadh leis a' Choimhearsnachd agus rianachd air a roinn air a' chùil-chinn a' cuideachadh gus coimhearsnachdan làidir a chruthachadh anns na coimhearsnachdan ri croitearachd. Tha an rianachd seo cuideachd a' dèanamh cinnteach gun tèid feurach a chleachdadh mar as còir agus mar sin nach tèid dearmad no droch dhìol a dhèanamh air an fheurach.

Mar mhaoin choitcheann, tha e na bhuannachd mhòr comataidh-feuraich air a cur ri chèile mar as còir a bhith ann agus is e sin an dòigh as èifeachdaiche gus cor a' chùil-chinn a dhìon san àm air thoiseach, le bhith a' cur deagh rianachd is cumail suas air adhart. Cuideachd, faodaidh a' chomataidh a bhith na thobar luachmhor fiosrachaidh mu chroitearachd anns an sgìre.

Chuir Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) Earrann ùr 49A ri Achd nan Croitearan (Alba) 1993, a' toirt air comataidhean-feuraich aithisg a thoirt a

h-uile còig bliadhna air cor nan cùil-chinn aca, air cor gach croite aig croitearan nan luchd-gabhail is nan seilbheadairean nan còmhnaidh aig a bheil roinn san fheurach agus air cùis sam bith eile a' bualadh air an fheurach no air croitearachd ann am bailtean-fearainn sam bith ceangailte ris an fheurach. Tha an Coimisean air teimplaid a chruthachadh a chuideachadh ri comataidhean-feuraich gus an dleastanas a choileanadh agus an cunntas-sluaigh feuraich a lìonadh, a tha ri fhaotainn air an làrach-lìn againn: [www.crofting.scotland.gov.uk/common-grazings-census](http://www.crofting.scotland.gov.uk/common-grazings-census)

	Comataidhean ann an Dreuchd	Àireamh nan Cùil-chinn
Earra Ghàidheal is Bòd	16	60
A' Ghàidhealtachd	266	538
Comhairle nan Eilean Siar	190	295
Arcaibh	1	9
Sealtainn	48	168
<b>Iomlan</b>	<b>521</b>	<b>1,071</b>

## Cùil-chinn – Iarrtas an Roinnidh

Fhuairidh	Cheadaicheadh	Dhiùltadh
48	21	0

“Tha e na bhuannachd mhòr comataidh-feuraich air a cur ri chèile mar as còir a bhith ann agus is e sin an dòigh as èifeachdaiche gus cor a' chùil-chinn a dhìon san àm air thoiseach.”



## Sgrùdadh: Sealtainn

Chaidh 4 croitean a shònrachadh o chionn ghoirid air Lewis Garrick ann an Sandness, Sealtainn le athair. Tha tòrr eòlais aig Lewis, a tha 26 bliadhna dh'aois, mar-thà, an dèidh dha bhith an sàs ann an tionail, breith nan uan, clipeadh, agus ag ullachadh stuic airson a' mhargaidh. Mar mheacanaig uidheamaichte, bidh e a' cumail suas an uidheamachaidh gu lèir air a' chroit agus nuair a tha feum air bidh e a' cuideachadh chroitearan eile, an taobh a-staigh is an taobh a-muigh na coimhearsnachd.

Thuirtear athair Lewis, Pàdraig “Chan eil mi cho tapaidh ag obair na croitean a-nis ach aig an aon àm bha mi airson an cumail anns an teaghlach oir tha iad air a bhith san teaghlach o chionn fhada romham, agus chuir mi romham gun robh an t-àm ann an toirt dha mo mhac, Lewis.”

“Dhomhsa, tha e cudromach gun tèid bhrosnachadh a thoirt dhan òigridh agus do na ginealaichean ri teachd dualchas Shealtainn a bhith a' cumail croitean theaghlaichean a ghleidheadh, a' cruthachadh bheachdan ùra agus ag ullachadh don ùine a tha romhainn. Tha Lewis air a bhith ag obair còmhla rium agus ri sheanair bho bha e na bhalach agus tha fios agam gun cùm e ann an rian math iad.”

An dèidh dha na croitean fhaighinn, thuirtear Lewis “Tha mi ag iarraidh croitean an teaghlaich agus na caoraich againn a ruith is a chumail suas. Tha mi fortanach oir thug m' athair is mo sheanair brosnachadh dhomh riamh a dhol an sàs ann agus thug iad



dhomh tòrr eòlais air cumail suas nan croitean agus air slàinte 's fallaineachd an stuic.

Bidh mi a' toirt làmh-chuideachaidh do na croitearan eile nuair a thèid agam air, a' càradh tractor, no a' cuideachadh leis an stoc agus tha mi ag aontachadh gu mòr ris na thuirtear m' athair gu bheil e cudromach gum

tèid an òigridh a bhrosnachadh a dhol an sàs ann an croitearachd is tuathanachas. Is iad sin an fheadhainn a bhios a' cumail nan siostam is nan dòighean agus gan cur air adhart san ùine romhainn. Bha mi fortanach gu bheil Dad air na croitean a chur air adhart thugam aig ìre thràth agus tha togail agam ri bhith na mo chroitear mi fhìn.”

“Bha mi fortanach gu bheil Dad air na croitean a chur air adhart thugam aig ìre thràth agus tha togail agam ri bhith na mo chroitear mi fhìn.”

# Riaghlaiche a tha ceart agus èifeachdach

Is e làimhseachadh iarrtasan riaghlach a' ghnìomhachd leanmhainneach as motha ann an Coimisean na Croitearachd. Tha e cudromach mar sin dèanamh cinnteach gun dèan sinn e ann am modh a tha èifeachdach agus ceart, a ghèilleas gu h-iomlan don reachdas.

Seòraa Iarrtais	Fhuairleadh	Cheadaicheadh	Dhiùltadh
Sònrachadh	313	259	1
Dileab	129	24	0
Tar-aiseag le Tiomnaiche	93	20	1
Cead a bhith à làthair	28	17	1
Dì-chroiteadh – Làrach-taighe agus Fearann-gàrraidh	188	152	0
Dì-chroiteadh – Cuid de Chroit	290	229	2
Dì-chroiteadh – Croit Iomlan	30	11	3
Roinneadh	43	27	0
Leigeil	41	35	0
Croit ùr a chruthaicheadh fo earrann 3(a) de dh'Àchd nan Croitearan (Alba) 1993	0	0	0
Gabhail san Ùine Ghoirid	31	28	0
Fo-ghabhail	111	89	0
<b>Iomlan</b>	<b>1,297</b>	<b>891</b>	<b>8</b>

Bidh àireamh nan iarrtasan a gheibhear diofraichte bho àireamh nan co-dhùnaidhean a thathar a' gabhail sa bhliadhna air caochladh adhbhar, nam measg iarrtasan air an tarraing air ais agus mì-dhligheach agus iarrtasan a fhuairleadh ach nach deach co-dhùnadh a ghabhail fhathast.

Chùm an Coimisean aon èisteachd tron bhliadhna.

## Tagraidhean gu Cùirt an Fhearainn

Bha sia tagraidhean gu Cùirt an Fhearainn an aghaidh cho-dhùnaidhean a rinn an Coimisean.

- Tha aonan air a dhol ar adhart gu èisteachd
- Chaidh a dhà a chur an taobh le aonta
- Chaidh aonan aideachadh leis a' Choimisean
- Chaidh aonan a tharraing air ais leis an Tagraiche
- Chaidh aonan a chur air falbh le Cùirt an Fhearainn seach nach robh de raon-ùghdarras aig a' Chùirt èisteachd ris an tagradh.

Cuideachd, chuir Cùirt an Fhearainn òrduighean a-mach a' daingneachadh co-dhùnadh a' Choimisein tagradh gus fearann ann an Taobh Tuath Bhaile a' Chaolais a dhì-chroiteadh airson taigheadais agus còig croitean iomlan a dhì-chroiteadh ann an Sealtainn a dhiùltadh. Nochd binn na Cùirte gun do nochd an Coimisean an cùram a tha aige gu reusanta anns na suidheachaidhean seo.



Uilleam Barron

Ceannard agus Oifigear Cunntachail  
16 Lùnastal 2017



## Sgrùdadh: Sealtainn

Cha robh Caroline Maddison air a bhith a' fuireach air a' chroit aice ann an 2 Ordale ann an Unst, Sealtainn o chionn iomadh bliadhna. Nuair a bha bileag Cunntas-sluaigh na Croitearachd ga lìonadh a-steach aice, thug Caroline fa-near nach robh i a' cumail ris na Dleastanasan aice mar chroitear, gu h-àraidh an dleastanas a bhith a' fuireach air a' chroit, no an taobh a-staigh 32cm air falbh bhuaipe.

Ged a bha a' chroit air a bhith ga cleachdadh le croitear bhon àite airson ionaltraidh, bha an fho-ghabhail a cheadaichadh leis a' Choimisean air tighinn gu ceann. Thug Caroline fa-near gun fheumte rudeigin a dhèanamh gus an suidheachadh fhuasgladh agus sheall air na roghainnean a bha ann dhi. Rinn i co-dhùnadh gum b' e am fhuasgladh a b' fheàrr a bha ann dhi, seach gun robh i stèidhichte ann an Liùrabhaig agus gun e san amharc aice tilleadh a dh'fhuireach ann an Unst, gabhantas na croite a shònrachadh gu cuideigin a bhuin dhan àite a bheireadh feum slàn às a' chroit agus gèilleadh do na dleastanasan mar chroitear.

Rinn Caroline iarrtas gu Coimisean na Croitearachd gus an gabhantas a shònrachadh gu nàbaidh den chroit, Camshron MacFhearghais. Bha tòrr eòlais aig Camshron an dèidh dha bhith ag obair air chroit a mhnatha fad iomadh bliadhna. Tha e na bhall gnìomhach de choimhearsnachd na croitearachd agus tha e na Chlàireach an-dràsta air Cùl-cinn Ordail.

Thuirte Caroline, "S aithne dhomh Camshron o chionn fhada agus chunnaic mi mar a dh'ionnsaich e a bhith ag obair air a' chroit agus fàs gu math misneachail is tapaidh, gu sònraichte leis



na caoirich. Tha e gu math measail aig muinntir Unst agus tha e ro dheònach daoine eile a chuideachadh. Mar sin bha mi gu math toilichte faighneachd dheth am biodh e deònach a' chroit ag 2 Ordale a ghabhail agus bha mi riarichte fhèin nuair a thuirte e gun gabhadh."

Thuirte Camshron "bho ghabh mi gabhantas na croite, tha mi air a bhith ga ruithe ann an co-bhonn ri Àir 5 Ordale, a' cleachdadh an fhearainn gus rianachd nas fheàrr a dhèanamh air an fhearann agus

àrdachadh beag ann an àireamh nan caorach. Bidh mi a' feuchainn ri ris na feansaichean aosta ùrachadh agus math dh'fhaodte beagan drèanaidh a dhèanamh thairis air a' bhliadhna a tha romhainn gus leasachadh a thoirt air staid an fhearainn. Tha an dithis mhac agam gam chuideachadh le croitearachd sam bith a tha a dhìth agus tha iad gu math eòlach air stoc a làimhseachadh. Bu mhath mo thaing a thoirt do Charoline airson a' ghabhantais seo agus na rinn gus an cur-a-null a dhèanamh cho soirbh."

“Tha an dithis mhac agam gam chuideachadh le croitearachd sam bith a tha a dhìth agus tha iad gu math eòlach air stoc a làimhseachadh.”

## Sgrùdadh: An t-Eilean Sgitheanach

Chuir Fearann Eilean Iarmain iarrtas dhan Choimisean gus a' chroit fhalamh ann an Harapul san t-Srath san Eilean Sgitheanach a dhì-chroiteadh. B' e adhbhar an iarrtais am fearann a reic ri Comann Taigheadais Loch Aillse is an Eilein Sgitheanaich gus taigheadas air am faodar ruigsinn a thogail.

Chaidh am fearann a chur an taobh airson taigheadais ann am Plana Ionadail Taobh Siar na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus fhuair an Comann Taigheadais tairgse tabhartais bho Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh ris a' cheannach.

Thug an t-iarrtas seo na slatan-tomhais air fad ann am Plana Poileasaidh Coimisean na Croitearachd a-mach;

- **Leas farsaing;** chan eilear air am fearann àrach fad beagan bhliadhnaichean agus le bhith a' buileachadh an tabhartais bithear a' cur air chomas taigheadas saor a thoirt seachad ann an sgìre far a bheil an taigheadas gann.
- **Leas poblach;** cuidichidh taigheadas saor gus an sluagh a ghleidheadh agus seach gu bheil am fearann air a bhith bàn fad deannan bhliadhnaichean cha toir e buaidh mhòr sam bith air raon an fhearainn-chroitearachd anns an fharsaingeachd.
- **Leasachadh seasmhach;** cuidichidh a bhith a' cruthachadh taigheadais ri cothroman air cosnadh



gus nach tèid am fearann a thrèigsinn

- **Ruigheachd;** ged a tha cothrom air dìreach air slighe gharbh an-dràsta, dh'fhaodte seo ùrachadh.

Cha robh togalaichean sam bith air a' chroit agus chan eil roinn sam bith sa chùl-chinn aice.

Tha an t-iarrtas dì-chroitidh seo na dheagh eisimpleir air na ghabhas toirt gu buil nuair a bhios na pàrtaidhean uile ag

obair còmhla gus toradh a thoirt gu buil a bhios gu buannachd na coimhearsnachd. Fearann Eilean Iarmain, a' dèanamh cinnteach gun tug an t-iarrtas aca plana-poileasaidh a' Choimisein a-mach, chuir Comann Taigheadais an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse taic ris an iarrtas agus bha de mhaoineachadh aca gus am pròiseact a thoirt air adhart le cead bhon Choimisean am fearann a thoirt a-mach à croitearachd.



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

# Aithisg mu Chunntachalachd 2016-17

• Aithisg an Stiùiriche	22
• Aithris mu uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail	26
• Aithris mu Riaghladh	27
• Aithisg thuarastalan agus aithisg luchd-obrach	34
• Nochdadh fo Chunntachalachd Phàrlamaideach	41
• Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	42

# Aithisg an Stiùiriche

## Bòrd nan Coimiseanairean



**Calum MacMhathain**  
— air a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba 1 Faoilleach 2017. Tha Calum

na fhear-cunntasachd na dhreuchd agus na phàirtiche ann an tuathanas-monaidh ann an Loch Abair.



**Seumas Scott**  
— air a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba 1 Gearran 2017. Tha Seumas a' fuireach air

iomall Inbhir Nis agus tha gnìomhachas aige, a' sealltainn air trèanadh is measadh sgilean ann an gnìomhachasan dùthchail.



**Dàibhidh Caimbeul** — air a chur an dreuchd às ùr le Ministearan na h-Alba 1 Giblean 2017. Tha Dàibhidh a'

fuireach faisg air Baile Eòghainn agus bidh e a' riochdachadh leas uachdarain chroitean.

**Mairidh na dreuchdan seo fad trì bliadhna agus chaidh cur riutha le taghadh sianar a bharrachd de Choimiseanairean 17 Màrt 2017.**



**Uilleam MacNèill**  
— Air a thaghadh, rugadh Uilleam gu teaghlach an sàs ann an tuathanachas agus tha e air a bhith na

chroitear ann an Taigh an Uillt, Earra Ghàidheal fad iomadh bliadhna. Bha e na oifigear-leasachaidh air Sgeama Luchd-tòiseachaidh Croitearachd agus mar Mheasadair don Choimisean shuidh e air a' bhuidhinn-iomraidh, a' toirt Achd 2010 tron Phàrlamaid agus mar neach a fhuair cuireadh dhan Bhuidhinn Thàr-phàrtaidh air Croitearachd.



**Ruairidh MacCoinnich**  
— Air a thaghadh, tha Ruairidh a' fuireach is ag obair air a chroit faisg air a' Mhanachainn.

Bha e na ròpair agus tha fhathast a rèir ràithean airson Buidheann-margaideachd Stoc Shealtainn. Tha Ruairidh cuideachd air a bhith an sàs ann an Comann Tuathanaich an Eilein Duibh mar Rùnaire agus eagraiche Taisbeanadh an Eilein Duibh o chionn dà bhliadhna deug.



**Màiri NicCoinnich**  
— Air a thaghadh, rugadh is thogadh Màiri ann an Inbhir Bhraoin faisg air Ulapul agus tha croit aice a-nis

anns an Lagaidh, Loch Bhraoin.



**Iain MacIomhair**— Air a thaghadh, tha Iain air a bhith an sàs ann an croitearachd air Eilean Leòdhais fad a bheatha, an

dà chuid mar chroitear ag obair agus mar Mhaor do dh'Oighreachd Steòrnabhaigh.



**Anndra Holt** — Air a thaghadh, tha Anndra air a bhith na chroitear air eilean Papa Stour, Sealtainn o chionn 44 bliadhna.



**Cyril Annal** — Air a thaghadh, tha Cyril air a bhith na chroitear is na thuathanach ann an Ronaldsay a Deas, Arcaibh o

chionn 50 bliadhna, agus air frithealadh air comhairliche ùghdarras ionadail is coimhearsnachd. Bha Cyril na Mheasadair aig Coimisean na Croitearachd fad 7 bliadhna cuideachd.

**Suidhidh an sianar Choimiseanairean seo air an taghadh air Bòrd Coimisean na Croitearachd fad nan còig bliadhna a tha romhainn.**

Tha fiosrachadh làn air Clàr Leas nan Coimiseanairean ri fhaotainn air an làrach-lìn againn [www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners](http://www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners)



## Bòrd nan Coimiseanairean bhon Ghiblean 2016 gu 17 Màrt 2017

San dealbh Clì gu Deas:

Uilleam Swann, Dàibhidh Caimbeul,  
Marina Dennis, Murchadh MacIlinnein,  
I G Dòmhnallach, Cailean  
Ceannadach, Arnie Pirie, Caitlin Nic na  
Ceàrdaich



## Sgioba-stiùiridh



### Uilleam Barron, Ceannard is Oifigear Cunntachail bho 24 Dàmhair 2016

Uallach air a' cheann thall airson ro-innleachd, obrachadh agus rianachd Coimisean na Croitearachd. A' dèanamh cinnteach gum faigh Ministearan na h-Alba agus Coimiseanairean fiosrachadh cruinn agus comhairle gun chlaonadh.



### Donna Nic a' Ghobhainn, Iar-cheannard agus Ceannard Obraichean

Na ceannard air dèanadas a thaobh obrachaidh airson an eagrachaidh le cuideam air Dealbhadh Corporra, Daeanas ann an Rianachd, Leasachadh Corporra agus uallach anns an fharsaingeachd airson ro-innleachd IS.



### Iain Toal, Ceannard Poileasaidh

A' cumail taice ris a' Bhòrd agus poileasaidh ro-innleachdail a chur ri chèile air farsaingeachd de cheistean air an taobh a-muigh agus an taobh a-staigh a dh'ionnsaigh nan amasan obrachaidh aca.



### Sìne NicThòmais, Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-caitheimh

Uallach airson conaltraidh agus seirbheisean luchd-cleachdaidh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, a' gabhail a-steach ghearanan agus iarrtasan fo Shaorsa an Fhiosrachaidh. Oifigear an Ceannas airson Co-ionannachd is Eugsamhlachd, Trèanaidh agus mar Oifigear nan Inbhean.



### Eòsaph MacIlleChiar, Ceannard Riaghlaidh

Uallach airson rianachd anns an fharsaingeachd air na sgiobaidhean riaghlaidh a tha a' gabhail a-steach còmhnaidh, cleachdadh an fhearainn agus clàradh chroitian.



### Caitriona NicIlleathain, Ceannard is Oifigear Cunntachail gu 23 Dàmhair 2016.

Air àrdachadh an ceum an dèidh sin gu Iar-cheannard gu Roinn a' Bhidhe, na Dìbhe agus nan Coimhearsnachdan Dùthchail aig Riaghaltas na h-Alba.



### Dàibhidh MacFhionnlaigh, Neach-lagha

A' toirt comhairle laghail do Choimisean na Croitearachd agus gabhail gnothaich ri agartachd anns a bheil an Coimisean an sàs.

## Sgrùdadh Ionmhasail

A' dèanamh cunntasachd air bunait teachd-a-steach is caiteachais, tha toradh ionmhasail na bliadhna air gnìomhachdan àbhaisteach gnìomhachais a' nochdadh easbhaidh £49,000 (Còrr £152,000 2015-16). Tha an easbhaidh/(còrr) seo ag èirigh à atharrachaidhean ann an cunntasachd, mar ìsleachadh agus gluasadan ann an calpa-obrach, air na h-aithrisean ionmhasail far nach eil sruthadh-airgid. A' dèanamh cunntasachd a rèir an airgid, chaidh caiteachas Coimisean na Croitearachd an Tabhartas-mar-Thaic a chaidh a tharraing a-nuas le £44,000 (£15,000 fo-chosg 2015-16), a chaidh a mhaoineachadh à tasgaidhean-airgid.

B' e caiteachas-obrachaidh iomlan airson 2016-17 £2.715M an taca ri £2.759M ann an 2015-16. Tha an lùghdachadh seo de £44,000 ann air a' chuid as motha ri linn an lùghdachaidh air cosgaisean-fuirich Coimisean na Croitearachd de £35,000. Dh'èirich seo seach gu bheil Oifis nan Cisean a-nis a' gabhail gnothaich ris a' Mheòrachan Cumhaichean Tuigsinn eadar Coimisean na Croitearachd agus Dualchas

Nàdair na h-Alba mar a bhith saor bho Chìs Luach a Bharrachd. Chaidh lùghdachaidhean mòra eile a chlàradh an taobh a-staigh nan cosgaisean Conaltraidh de £11,000, Cosgaisean-siubhail nan Coimiseanairean aig £11,000, an taca ri meudachadh ann an cosgaisean Trèanaidh aig £12,000.

B' e an caiteachas air cosgaisean luchd-obrach airson bliadhna 2016-17 £2.034M (£2.035M 2015-16). Tha a' mhalairt lom £1,000 mar àrdachadh air tuarastal luchd-obrach agus cosgaisean nan lùib de £128,000 agus lùghdachaidhean air pàigheadh do luchd-obrach sealach is do bhuill a' Bhùird aig £122,000 is £7,000 mu seach. Tha an lùghdachadh air pàigheadh don Bhòrd ann mar thoradh air an aonta shealaich uairean Choimiseanairean a leudachadh ann an 2015-16 a thàinig gu ceann san Fhaoilleach 2016 nuair a chaidh dèanamh cho-dhùnaidhean tiomnaichte a thoirt a-steach airson obraichean riaghlachail sònraichte.

Tha ìsleachadh is lùghdachadh £7,000 nas àirde ann an 2016-17 bhon as e seo a' chiad bhliadhna làn de lùghdachadh air Siostam Fiosrachaidh nan Croitean.

	2016-17 £000	2015-16 £000
<b>Giorrachadh air Easbhaidh/(Còrr) airson na bliadhna</b>		
Caiteachas-obrachaidh na iomlan	2,715	2,759
Tabhartas-mar-Thaic air a Tharraing A-nuas	(2,437)	(2,540)
Teachd-a-steach Eile	(229)	(371)
Easbhaidh (Còrr)	49	(152)
<b>Rèiteach a' chaiteachais-obrachaidh air bunait tairbheachaidh leis an Tabhartas-mar-Thaic air a tharraing a-nuas</b>	<b>2016-17 £000</b>	<b>2015-16 £000</b>
Easbhaidh/(Còrr)	49	(152)
Fàg neo-airgead às:		
Ìsleachadh is Lùghdachadh	(82)	(75)
Atharrachaidhean air calpa-obrach a' bualadh air:		
Fèichearan	24	(5)
Creideasairean	(5)	92
Tasgadh	21	121
Caiteachas ann an airgead os cionn / fon Tabhartas-mar-Thaic air a tharraing a-nuas	(4)	15
Gluasad air cunntas-banca tiomnaichte Clàran na h-Alba	(3)	4
Lùghdachadh Lom air (Ìsleachadh)/ Àrdachadh	(7)	19

## Peinnseanan

Tha buill sgioba Coimisean na Croitearachd airidh air a bhith nam buill de Phrìomh sgeama Peinnseanan na Seirbheise Catharra. Tha fios mun sgeama agus fios mu na cuibhreannan peinnsein air a bheil luchd-stiùiridh Coimisean na Croitearachd airidh gan toirt anns an Aithisg air Tuarastal (td 34) agus san nota 1.5 (td 50) an cois nan cunntasan seo.

## Iarrtasan fo Shaorsa an Fhiosrachaidh

Fhuair Coimisean na Croitearachd 74 iarrtasan a thug tarraing air Achd Saorsa an Fhiosrachaidh sa bhliadhna 2015-16 (64, 2015-16). Faodar sealltainn air fiosrachadh slàn mun deidhinn seo air làrach-lìn Coimiseanair an Fhiosrachaidh ann an Alba: //stats.itspublicknowledge.info/ agus làrach-lìn Coimisean na Croitearachd [www.crofting.scotland.gov.uk/foi](http://www.crofting.scotland.gov.uk/foi)

## Còd Cleachdadh Pàighidh

Air an aon rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, bidh Coimisean na Croitearan ag iarraidh gun tèid a h-uile fàirdeal aig luchd-solair far nach eil eas-aonta a phàigheadh an taobh a-staigh 10 latha-obrach an dèidh am faighinn. Bidh Coimisean na Croitearachd ag amas air 100% de dh'fhàirdealan a phàigheadh, a' gabhail a-steach fhàirdealan far a bheil eas-aonta aon uair is gu bheil an eas-aonta air a fuasgladh, ris an uair fo na cumhaichean seo. Ri linn na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2017, phàigh Coimisean na Croitearachd 96.6% de na fàirdealan aige fo na cumhaichean seo (96.5% ann an 2015-16).

## Gearanan

Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd seirbheisean barraichte a thoirt do luchd-cleachdaidh. Tha sinn a' cur luach air gearanan agus a' cleachdadh fios bhuapa gus ar cuideachadh gus feabhas a thoirt air seirbheisean.

Chlàraich Coimisean na Croitearachd 27 gearanan (21 Frontline agus 6 Sgrùdaidhean) anns a' bhliadhna 2016-17 (40: 19 Frontline agus 21 Sgrùdadh ann an 2015-16). Faodar sealltainn air fios slàn mu Chumhaichean Iomraidh Comataidh nan Gearanan againn, le stiùireadh agus àireamhan nan gearanan nan cois, air an làrach-lìn againn <http://www.crofting.scotland.gov.uk/complaints>

## Cìsean Nach eil a' Bualadh air Sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte LLP a chur an dreuchd mar sgrùdaiche. Tha fios mu chis an sgrùdaidh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2017 ga nochdadh ann an nota 3 (Duilleag 52) an cois nan cunntasan. Cha deach Deloitte LLP a chur an sàs no a phàigheadh airson obair sam bith nach robh a' bualadh air sgrùdadh ri linn na bliadhna.

## Aithris mu Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail

Fo earrann 19(4) de dh'Achd Ionmhais Phoblaich agus Cunntalachd (Alba) 200 agus paragraf 19 Sgeideal 1 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimiseanairean na Croitearachd aithris chunntasan ullachadh do gach bliadhna-ionmhais sa chruth agus air a' bhunait a tha gam mìneachadh ann an Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha na cunntasan gan ullachadh a rèir thàrmachaidhean agus feumaidh iad dealbh a thoirt a tha fìor agus ceart air suidheachadh cùisean Coimisean na Croitearachd aig deireadh na h-ùine agus air a chuid cosgaisean obrachaidh, bhuannachd agus chall a dh'aithearnear agus sruthadh-airgid airson na h-ùine ionmhais.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifigeir Chunntachail:

- cumail ri Stiùireadh nan Cunntasan a thug Ministearan na h-Alba a-mach, a' gabhail a-steach nan riatanasan iomchaidh mu chunntasachd agus nochdadh, agus poileasaidhean freagarrach cunntasachd a chur an gnìomh gu seasmhach;
- breitheanas agus measadh a dhèanamh air bunait reusanta;
- cur an cèill an do chumadh ri inbhean cunntasachd a bhuineas ris a' chùis a mhìnichear ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltas mu Aithisgean Ionmhasail agus claonaidhean sam bith sna cunntasan a nochdadh agus a mhìneachadh; agus
- na cunntasan ullachadh mar ghnothach a' dol air adhart.

Tha Oifigeir Seasmhach agus Prìomh Oifigeir Cunntachail Riaghaltas na h-Alba air an Ceannard a chur an dreuchd mar Oifigeir Cunntachail Coimisean na Croitearachd.

### Aithris leis an Oifigeir Chunntachail

Mar Oifigeir Cunntachail, tha riaghailteachd agus ceart an ionmhais phoblaich às a bheil mi freagarrach, gleidheadh chlàran poblach agus dìon maoin Coimisean na Croitearachd an urra rium fhèin, mar a mhìnichear ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail a thug Ministearan na h-Alba a-mach.

### Nochdadh Fiosrachaidh ris an Luchd-sgrùdaidh

Mar Oifigeir Cunntachail, fhad is is aithne dhomh, chan eil fiosrachadh buntainneach sam bith a thaobh sgrùdaidh air nach eil luchd-sgrùdaidh Coimisean na Croitearachd eòlach. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail gus a bhith mothachail air fiosrachadh buntainneach sam bith agus dearbhadh gum bi luchd-sgrùdaidh Coimisean na Croitearachd mothachail air an fhiosrachadh.

### Dearbhadh an Oifigeir Chunntachail air Aithisg is Cunntasan Bliadhnail

Mar Oifigeir Cunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg agus na cunntasan bliadhnail nan iomlan ceart, cothromach agus soilleir agus tha mi a' gabhail uallaich phearsanta às an aithisg agus às na cunntasan bliadhnail agus às a' bhreitheanas gus a dhearbhadh gu bheil iad ceart, cothromach agus soilleir.

## Aithris mu Riaghladh 2016-17

### Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris mu Riaghladh Corporra a' clàradh maorsainneachd Coimisean na Croitearachd agus tha i a' cur ris na cunntasan bliadhna. Tha an aithris seo cuideachd a' toirt còmhla aithrisean mu shuidheachadh agus fianais air riaghladh agus rianachd is smachd air gabhadh gus modh soilleir is seasmhach mu aithris a thoirt seachad.

### Ìre an Uallaich

Mar Oifigear Cunntachail, tha e an urra rium siostam slàn de smachd air an taobh a-staigh a chuireas taic ri toirt gu buil poileasaidhean, amasan agus cinncriche an eagrachaidh, a stèidhicheas Ministearan na h-Alba, a chumail suas agus aig an aon àm an t-airgead agus a' mhaoin phoblach às a bheil uallach pearsanta orm fhèin a dh'ion, air an aon rèir ris na h-uallachaidhean ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail.

Ann an coileanadh mo dhleastanasan pearsanta, bidh mi a' dèanamh cinnteach gun gèill an t-eagrachadh do Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba. Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh agus aithris cheart ionmhais phoblach. Tha e a' mìneachadh nam feumalachdan reachdail, pàrlamaideach is rianachail a tha buntainneach, a' cur cuideim air an fheum air caomhnadh is èifeachdalachd, agus a' cur air adhart deagh chleachdadh agus inbhe àrda de cheart.

### Frèam Riaghlaidh Am Bòrd

Tha an Neach-gairm an ceannas air a' Bhòrd agus an Ceannard an ceannas air rianachd ghnìomhach na buidhne.

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas de suas ri naoinear Choimiseanairean, sianar aca air an taghadh le croitearan clàraichte, agus triùir air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Tha an Neach-gairm ga thaghadh bho thaobh a-staigh a' Bhùird le Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh is Cheanglaichean Dùthchail.

Tha Taghaidhean Croitearachd gan cumail a h-uile còig bliadhna gus sianar a bhall bho na sgìrean-

croitearachd a thaghadh air Bòrd a' Choimisein. Chaidh an dara Taghadh Croitearachd a chumail air 17 Màrt 2017. Thàinig mar thoradh air seo gun deach sianar Choimiseanairean ùra a chur an dreuchd, agus thathar an dùil gum bi iad an dreuchd bhon latha a chaidh an taghadh gus an ath taghadh ann an 2022.

Chuir Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh is Cheanglaichean Dùthchail, Fearghas Ewing BPA, dreuchd trì bliadhna Chaluim MhicMhathain (bho 1 Faoilleach 2017) agus Sheumais Scott (bho 1 Gearran 2017) an cèill mar Choimiseanairean air a' Bhòrd. Chuir e cuideachd an dreuchd às ùr aig Dàibhidh Caimbeul mar Choimiseanair bho 1 Giblean 2017 an cèill. Bheir Calum MacMhathain teòmachd ann an ionmhas is riaghladh dhan Bhòrd.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu na Coimiseanairean ri fhaotainn air duilleagan 22 is 23.

Is e obair a' Bhùird ceannas ro-innleachdail a thoirt dhan bhuidhinn, a' socrachadh slighe airson poileasaidh agus a' gabhail uallaich airson nan cùisean as cudromaiche no as connspaidiche. Bidh na Coimiseanairean a' nochdadh an t-suidheachaidh aca a thaobh poileasaidh le bhith a' cur Plana Poileasaidh fa chomhair Ministearan na h-Alba. Bidh iad cuideachd a' cumail sùil air obair na buidhne agus tha an Ceannard cunntachail dhaibh airson an dèanadais aice.

Am-bliadhna, ghabh am Bòrd deannan ghnìomhachdan cudromach os làimh:-

- Dheasaich agus leudaich e an sgeama mu thiomnadh cùisean do dh'oifigearan, a' socrachadh pharamaidearan far an fheumar cùisean a chur air adhart chun nan Coimiseanairean;
- Fhuair eadhon bho oifigearan fiosrachadh nas soilleire mu dhàil ann an cùisean, agus dh'iarr gun rachadh a leithid de dhàil a chumail aig an ìre as ìsle nuair a bha seo air chomas don Choimisean;
- Chuireadh obair Coimisean na Croitearachd air adhart aig Taisbeanaidhean Poblach air feadh nan sgìrean-croitearachd; agus

- Thug e fianais (leis an Neach-gairm is le oifigearan àrd-ìre) do Chomataidh Eaconamaidh is Cheanglaichean Dùthchail aig Pàrlamaid na h-Alba, mu atharrachaidhean a dh'fheumar air reachdas croitearachd.

Tha am Bòrd ga chuideachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a bhios a' coinneachadh gach ràithe air a' char as lugha.

Tha am Bòrd a' gealltainn ìrean àrda de riaghladh corporra agus tha e a' creidsinn gun cruthaich cruth daingeann riaghlaidh eagrachadh soirbheachail. Thèid an gealladh seo a chumail le leasachadh is

tòiseachadh prògram còig bliadhna de thrèanadh is de thaic a thachair aig an aon àm ri Taghaidhean na Croitearachd anns a' Mhàrt 2017.

Gheibhear cumhaichean iomraidh a' Bhùird bho làrach-lìn a' Choimisein [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

### Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais

Tha trìuir Choimiseanairean air a' char as lugha gan cur an dreuchd leis a' Bhòrd air Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Bidh a' Chomataidh a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd ma dh'fheumar.

#### Coimiseanairean ann an 2016-17

Coimiseanair	Modh san deach a c(h)ur an dreuchd	Frithealadh air Coinneamhan a' Bhùird ann an 2016-17
Cailean Ceannadach (Neach-gairm)* <sup>1</sup>	Air a thaghadh	11/11*
Iain Seòras Dòmhnallach* <sup>1</sup> (Iar-neach-gairm)	Air a thaghadh	11/11*
Arnie Pirie* <sup>1</sup>	Air a thaghadh	9/11*
Caitlin Nic na Ceàrdaich* <sup>1</sup>	Air a thaghadh	9/11*
Murchadh MacIlinnein* <sup>1</sup>	Air a thaghadh	8/11*
Màiri NicCoinnich* <sup>2</sup>	Air a thaghadh	1/1*
Ruairidh MacCoinnich* <sup>2</sup>	Air a thaghadh	1/1*
Anndra Holt* <sup>2</sup>	Air a thaghadh	1/1*
Cyril Annal* <sup>2</sup>	Air a thaghadh	1/1*
Iain MacIomhair* <sup>2</sup>	Air a thaghadh	1/1*
Uilleam MacNèill* <sup>2</sup>	Air a thaghadh	1/1*
Marina Dennis* <sup>1</sup>	Air a cur an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	10/11*
Uilleam Swann* <sup>3</sup>	Air a chur an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	1/2*
Dàibhidh Caimbeul* <sup>4</sup>	Air a chur an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	12/12*
Calum MacMhathain* <sup>5</sup>	Air a chur an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	2/2*
Seumas Scott* <sup>6</sup>	Air a chur an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	2/2*

\* = Àireamh fhrithealaidhean/Àireamh nan coinneamhan air am faodte frithealadh.

\*<sup>1</sup> = Thàinig dreuchd gu ceann bhon dara taghadh aig Coimisean na Croitearachd a chumadh air 17 Màrt 2017.

\*<sup>2</sup> = Air a thaghadh gu Coimisean na Croitearachd an dreuchd 5 bliadhna bho 17 Màrt 2017.

\*<sup>3</sup> = Leig e dreuchd seachad bho 2 Ògmhios 2016.

\*<sup>4</sup> = Suidheachadh às ùr fad 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Giblean 2017.

\*<sup>5</sup> = Suidheachadh fad 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Faoilleach 2017.

\*<sup>6</sup> = Suidheachadh fad 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2017.

**Buill Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais ann an 2016-17**

Coimiseanair	Dreuchd air Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais	Frithealadh air Coinneamhan na Comataidh ann an 2016-17
Cailean Ceannadach	Cathraiche	0/5*
Uilleam Swann* <sup>2</sup>	Iar-chathraiche	1/1*
Murchadh MacIllinnein* <sup>3</sup>	Iar-chathraiche	4/4*
Caitlin Nic na Ceàrdaich	Ball	4/5*
Dàibhidh Caimbeul	Ball	4/5*
Calum MacMhathain* <sup>1</sup>	Iar-chathraiche	0/0*
Ruairidh MacCoinnich* <sup>1</sup>	Ball	0/0*

\* = Àireamh fhrithealaidhean/Àireamh nan coinneamhan air am faodte frithealadh

\*<sup>1</sup> = Dreuchdan air an daingneachadh aig Coinneamh a' Bhùird 29 Màrt 2017

\*<sup>2</sup> = Leig e dreuchd seachad bho 2 Ògmhios 2016

\*<sup>3</sup> = Air a chur an dreuchd mar Iar-chathraiche aig Coinneamh a' Bhùird 22 Ògmhios 2016

Tha an fheumalachd ann an Achd 2010 gun tèid an Cathraiche sa chathair air a' Chomataidh ma bhios e "an làthair" aig na coinneamhan aice an aghaidh an deagh chleachdaidh a chaidh a chur a-mach le Riaghaltas na h-Alba ann an Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba aige, Leabhar-làimhe Comataidh Sgrùdaidh agus Air Bòrd. Gus gèilleadh do dh'Achd 2010 agus don stiùireadh air deagh chleachdadh, tha an Coimisean air Iar-chathraiche a chur an dreuchd air a' Chomataidh agus cha bhi an Neach-gairm a' frithealadh coinneamhan na Comataidh mar as trice. Tha meur sponsair Riaghaltas na h-Alba aig a' Choimisean air dearbhadh gu bheil e a' cur aonta ris an ullachadh seo.

Bidh an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh agus an taobh a-staigh a' frithealadh coinneamhan uile Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha an cothrom aca labhairt ann an dìomhaireachd ri buill na Comataidh. Is e adhbhar Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais sùil a chumail air gàbhadh, smachd agus riaghladh corporra. Bidh i ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus a' toirt aithisg don Bhòrd.

An an 2016-17, rinn Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais measadh oirre fhèin a rìr stiùireadh "Air Bòrd" Riaghaltas na h-Alba. Nochd toraidhean a' mheasaidh seo oirre fhèin gun deach cumail ris na prionnsapalan mu dheagh chleachdadh anns gach raon de dh'obair na Comataidh.

Gheibhear cumhaichean iomraidh Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais bho làrach-lìn a' Choimisein [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

**Comataidh Ghearanan is Dearbhaidh Ghnè**

Chaidh trìuir Choimiseanairean a chur an dreuchd leis a' Bhòrd gus dol air Comataidh Ghearanan is Dearbhaidh Ghnè. Choinnich a' Chomataidh seo ceithir tursan ri linn na bliadhna air a bheilear ag aithisg.

Gheibhear fiosrachadh mu ghearanan a bhuineas ri 2016/17 air duilleag 25.

**Buill Comataidh Ghearanan is Dearbhaidh Ghnè ann an 2016-17**

Coimiseanair	Dreuchd air Comataidh Ghearanan	Frithealadh air Coinneamhan na Comataidh ann an 2016-17
Cailean Ceannadach	Cathraiche	4/4*
I S Dòmhnallach	Ball	4/4*
Dàibhidh Caimbeul	Ball	3/4*

\* = Àireamh fhrithealaidhean/Àireamh nan coinneamhan air am faodte frithealadh

Tha am Bòrd a' meas làimhseachadh ghearanan mar cheist riaghlaidh, ceangailte ri gàbhadh is gèilleadh. Chaidh aontachadh bho 19 Giblean 2017 gum b' e an dòigh a b' fheàrr a bhiodh ann gus aithisg a thoirt air dèanadas tro Chomataidh Sgrùdaidh i Ionmhais, agus cur an cèill dhan Bhòrd mas chuid de dh'aithisg Sgrùdaidh is Ionmhais, a tha a rèir mar a dhèiligeas buidhnean eile san roinn phoblaich ris.

### Neach-gairm Coimisean na Croitearachd

Tha an Neach-gairm an urra ri Ministearan na h-Alba às leth Coimisean na Croitearachd airson dèanamh cinnteach gun cuir poileasaidhean agus gnìomhan Coimisean na Croitearachd taic ri poileasaidhean ro-innleachd Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd agus gun tèid gnothaichean Coimisean na Croitearachd a ghiùlan le ionracas. Tha na h-ullachaidhean corporra a tha gan comharrachadh gu h-àrd an urra ris an Neach-ghairm ann an co-bhonn ri Buill eile a' Bhùird agus gu sònraichte dèanamh cinnteach gun toirt Coimisean na Croitearachd na h-amasan agus na cinn-chrìche a leagas Ministearan na h-Alba sìos a thoirt gu buil. Aig coinneamh aig a' Choimisean a chumadh 29 Sultain 2016, dh'aontaich an sianar Bhall eile den Bhòrd le aon ghuth ri gluasad ag iarraidh air an Neach-ghairm a dhreuchd a leigeil dheth gun dàil. Cha do chuir an Neach-gairm aonta ris a' ghluasad seo agus chùim e air san dreuchd gus an tàinig i gu ceann, air 17 Màrt 2017.

An dèidh taghaidhean na croitearachd air 17 Màrt 2017, chuir Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh is Cheanglaichean Dùthchail, Fearghas Ewing BPA, cur-an-dreuchd a' Choimiseanair, Ruairidh MacCoinnich mar Neach-gairm Coimisean na Croitearachd bho 20 Ògmhios 2017 an cèill.

### Sgioba-stiùiridh 2016-17

- Uilleam Barron (Ceannard is Oifigear Cunntachail bho 24 Dàmhair 2016)
- Caitriona NicIleathain (Ceannard is Oifigear Cunntachail gu 23 Dàmhair 2016)
- Donna Nic a' Ghobhainn (Iar-cheannard is Ceannard Obrachaidh)
- Dàibhidh MacFhionnlaigh (Neach-lagha a' Choimisein)
- Sìne NicThòmais (Ceannard Sheirbheisean Corporra is Luchd-cleachdaidh)
- Iain Toal (Ceann Poileasaidh Chorporra)
- Eòsaph MacIlleChiar (Ceann Riaghlaidh)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Sgioba-stiùiridh air duilleag 23.

Bidh an Sgioba-stiùiridh a' coinneachadh gu cunbhalach agus tha e an urra riutha dreuchdan reachdail agus amasan ro-innleachdail Coimisean na Croitearachd a libhrigeadh. Tha an Sgioba-stiùiridh air a dhèanamh suas le Ceannard agus ceann gach roinn-obrachaidh. Tha rùn aig an Sgioba-stiùiridh ri inbhean àrda de riaghladh corporra agus bidh e a' feuchainn ris an ceannas, a' mhaorsainneachd ro-innleachdail agus an smachd a tha a dhìth gus amasan bunaiteach Coimisean na Croitearachd a libhrigeadh a thoirt seachad.

### Frèam Gàbhaidh is Smachd

Feumaidh gach buidheann a tha fo na feumalachdan ann an Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba ro-innleachd gus gàbhadh a rianachd obrachadh a rèir an treòrachaidh ionchaidh a chuireas Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha an innleachd a thaobh gàbhaidh is smachd air a stèidheachadh air modh-obrachaidh leanmhainneach aig a bheil e mas amas na prìomh ghàbhaidhean mu thoirt a-mach poileasaidhean, amasan is cinn-chrìche a' Choimisein a chomharrachadh; luachadh a dhèanamh air ìre nan gàbhaidhean sin agus an rianachd gu h-èifeachdach agus gu seaghach.

Tha clàr ghàbhaidhean corporra aig Coimisean na Croitearachd a bhios a' clàradh ghàbhaidhean air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh agus a' comharrachadh nan gnìomhan a bhios a dhìth gus bagairt nan gàbhaidhean seo agus a' bhuidh a bheireadh iad a lùghdachadh. Tha an Ro-innleachd mu Rianachd Ghàbhaidhean agus Clàr nan Gàbhaidhean Corporra gan ùrachadh agus ath-bhreithneachadh gu cunbhalach leis an dà chuid Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus leis an Sgioba-stiùiridh. Tha a h-uile gàbhadh fa leth ga thoirt do shealbhadair a bhios a' dèanamh cinnteach gun tèid gnìomh gus a lùghdachadh a tharraing a-mach. Tha clàr nan gàbhaidhean na mhìr seasmhach aig coinneamhan a' Bhùird a thig an dèidh coinneimh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Bhuin na prìomh ghàbhaidhean airson na bliadhna gu 31 Màrt 2017 ri cliù:



- 1) Ag èirigh mar thoradh nuair nach do ghabh Coimiseanair(ean) ri co-dhùnadh coitcheann a' Bhùird agus an uair sin a' nochdadh eas-aonta ris a' cho-dhùnadh gu poblach.
- 2) Mgh Cailean Ceannadach a' cur a-mach aithrisean do na meadhanan a' càineadh Rùnaire a' Chaibineit, Ceannard a' Choimisein agus Oifigearan a' Choimisein.
- 3) Bagairt cùis-lagha an aghaidh a' Choimisein agus/no nan Coimiseanairean le Mgh Cailean Ceannadach.

Gus na gàbhaidhean gu h-àrd a lasachadh, bha Còd Giùlan Buill Bhuidhnean Poblach Tiomnaichte an sàs, le taic tro phròtacal nam meadhanan. Chaidh stuth-trèanaidh a bhuineas gu sònraichte do Bhuidhnean Poblach Neo-roinneil a thoirt seachad, agus tairgse de thrèanadh "Air Bòrd".

\* Stiùireadh do bhuill bùird bhuidhnean poblach ann an Alba.

Mar thoradh air an aimhreit ris a' Bhòrd, chaidh a' choinneamh san t-Samhain 2016 a chur dheth, ach anns gach seagh eile chaidh gnothaichean a' Bhùird a chumail mar as àbhaist, le co-dhùnaidhean air cùisean is poileasaidh air an gabhail le Coimiseanairean rè na h-ùine seo.

Bidh Coimisean na Croitearachd a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba mu Thèarainteachd Fiosrachaidh agus tha Sealbhadair-gàbhaidh Àrd-ìre aige gus rianachd a dhèanamh air fios mu ghàbhadh.

Tha na modhan mu ghàbhadh is smachd a chaidh a chleachdadh ann an Coimisean na Croitearachd a rèir an stiùiridh san Leabhar-làimhe agus tha iad air a bhith ann sa bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2016 agus suas chun an latha a cheadaicheadh an aithisg agus na cunntasan bliadhnail.

### **Ath-bhreithneachadh air Èifeachdalachd Smachd air an Taobh A-staigh agus Rianachd air Gàbhadh**

Mar Oifigear Cunntachail, tha e an urra rium ath-bhreithneachadh a dhèanamh air èifeachdalachd an t-siostaim airson smachd air an taobh a-staigh agus ullachaidhean rianachd air gàbhadh. Tha an t-ath-bhreithneachadh agam stèidhichte air:

- 1) Litrichean dearbhaidh le taic bho liosta choileanta mu smachd air an taobh a-staigh, air aontachadh le gach ceann roinn-obrachaidh gu bheil an smachd ag obair gu math agus, mas iomchaidh, a' cur an cèill far a bheil adhbhar iomagain;
- 2) Obair luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh, a chuireas aithisgean a-steach gu cunbhalach gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais Coimisean na Croitearachd (tha seo a' gabhail a-steach nam beachdan neo-eisimeileach aca air ìre is èifeachdalachd siostaman a' Choimisein a thaobh smachd air an taobh a-staigh agus molaidhean mu leasachadh);
- 3) Beachdan a nochdas Sgrùdadh Alba san litir rianachd aca agus ann an aithisgean eile;
- 4) An aithisg bhliadhnail a bheir lar-chathraiche Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais don Bhòrd, le fios mionaideach mu obair na comataidh sin rè na bliadhna;
- 5) Ath-bhreithneachadh gach ràithe le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais air clàr ghàbhaidhean an eagrachaidh agus air obair sgrùdaidh air an taobh a-staigh am measadh èifeachdalachd ullachaidhean mu rianachd ghàbhaidhean;
- 6) Litrichean dearbhaidh bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a bheir seachad seirbheisean ionmhais agus sgiobachd do Choimisean na Croitearachd.

Ri linn na bliadhna agus suas gus an deach aonta a chur ris na cunntasan ann an sgrìobhadh, chaidh na h-ullachaidhean a leanas mu riaghladh a chur an gnìomh:

- Leudachadh air liosta nan obraichean air prògram dèanamh cho-dhùnaidhean tiomnaichte air adhbharan sònraichte riaghlaidh. Thàinig mar thoradh air seo gun deach a' chuid as motha de na h-obraichean riaghlaidh a thiomnadh gu oifigearan, a' leigeil leis a' Bhòrd gluasad air falbh bho obair-chùisean àbhaisteach gus cuideam a chur air cùisean ro-innleachdail is ceannais. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air duilleag 11.

Nì Coimisean na Croitearachd ath-bhreithneachadh air an t-siostam a thaobh smachd air an taobh a-staigh gus a dhèanamh cinnteach gun cùm seo air a' dearbhadh a thaobh nan dleastanasan a tha air fo Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010.

## Modhan a thaobh Comh-strì mu Chom-pàirtean

Tha dòighean a tha teann is coileanta gan obrachadh le Coimisean na Croitearachd gus dèiligeadh ri comh-strì mu chom-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh. Tha clàr chom-pàirtean, a' còmhdach Choimiseanairean, ga chumail agus ga ùrachadh a h-uile bliadhna. Faodaidh duine sam bith seo a sgrùdadh ma thogras e, agus tha e air fhoillseachadh air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.

Bidh Coimiseanairean a' clàradh comh-strì sam bith a dh'fhaodadh èirigh mu chom-pàirtean aig toiseach gach coinneimh leis na Coimiseanairean agus gan toirt fhèin às an làthair bho cho-dhùnaidhean air gnòthaichean sam bith sa bheil com-pàirt aca. Tha na dearbhaidhean seo gan clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh.

Thug aithisg Riaghaltas na h-Alba air Ath-bhreithneachadh air Riaghladh (faic Ceistean Riaghlaidh Cudromach gu h-iseal) gun robh ceist ann mun mhodh an lùib leas a chuireadh an cèill roimhe a tharraing air ais. Dhaingnich Coimiseanair nan Inbhean Beusach sa Bheatha Phoblaich gun robh gnìomhan a ghabh Oifigear nan Inbhean aig a' Choimisean a thaobh gearain ceart.

## Sgrùdadh air an Taobh A-muigh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte LLP a chur an dreuchd mar sgrùdaiche a' Choimisein air an taobh a-muigh fad còig bliadhna bho 1 Giblean 2016.

## Sgrùdadh air an Taobh A-staigh

Tha sgrùdadh air an taobh a-staigh na phàirt bunaiteach den t-siostam a thaobh smachd air an taobh a-staigh. Chaidh seirbheis an sgrùdaidh air an taobh a-staigh aig Coimisean na Croitearachd airson na bliadhna a thoirt seachad le Scott Moncrieff, a ghabh os làimh obair stèidhichte air anailis den ghàbhadh a thàinig air Coimisean na Croitearachd. Thathar air aithisgean a chur ri chèile a chòmhdach Modh Làimhseachadh Ghearanan aig Coimisean na Croitearachd, Ath-bhreithneachadh air an t-Siostam mu Fhiosrachadh Chroitean agus Ath-bhreithneachadh air Molaidhean an Dèidh Làimhe.

Tha toraidhean, molaidhean agus gnìomhan aonaichte an sgrùdaidh air an taobh a-muigh gan toirt anns na h-aithisgean fa leth a thathar a' cur a-mach sa bhliadhna an dà chuid don luchd-stiùiridh agus do

Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Nam measg seo tha beachd air ìre is èifeachdalachd an t-siostaim a thaobh smachd air an taobh a-staigh, cho math ri molaidhean mu leasachadh, air am bi an luchd-stiùiridh a' gabhail beachd.

Thàinig toraidhean an ath-bhreithneachaidh air Siostaman Bunaiteach Ionmhais chun a' cho-dhùnaidh gu bheil deagh smachd air teachd-a-steach is stuth ri fhaighinn, leabhar an ionmhais is maoin neo-reatha an gnìomh aig Coimisean na Croitearachd. Chaidh aon raon beag far am faodte leasachadh a dhèanamh a chomharrachadh.

Thug an t-ath-bhreithneachadh air Rianachd air Gàbhadh agus Poileasaidhean mu Riaghladh aithisg mu raointean de chleachdadh slàn, nam measg cumhaichean-iomraidh gu math soilleir agus clàr mionaideach ghàbhaidhean le gàbhaidhean ceangailte ri Amasan Gnìomhachais a' Choimisein. Is iad na raointean a chomharraicheadh gus an leasachadh clàradh foirmeil air rùn a' Choimisein gàbhaidhean a ghabhail, am poileasaidh mu rianachd air gàbhadh gus tuairisgeul a thoirt air na h-ìrean gus an gàbhadh ann an clàr nan gàbhaidhean a chomharrachadh agus nach nach deach trèanadh sònraichte ann an rianachd air gàbhadh a thoirt dhan luchd-obrach, do bhuill Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais no do bhuill a' Bhùird. Thathar air aghaidh a chur air a h-uile gin de na molaidhean gu h-àrd mu leasachadh bhon uair sin.

Gach bliadhna bidh an fheadhainn a nì an Sgrùdadh air an Taobh A-staigh a' toirt seachad aithisg bhliadhnail anns a bheil beachd mun t-siostam a thaobh smachd air an taobh a-staigh. Is e am beachd a bha ann airson na bliadhna 2016-17 *“Nar beachd, tha frèam mu smachd ann an altaibh a chèile aig Coimisean na Croitearachd, ann an raointean air an tug sinn sùil, a bheir dearbhadh reusanta mu thoirt gu buil èifeachdach amasan an eagrachaidh, rianachd air gàbhaidhean bunaiteach agus smachd anns an fharsaingeachd. Tha seo a rèir a' phròiseis a' dol air adhart de leasachadh leantainneach air na ceistean sònraichte a chomharraicheadh anns na h-aithisgean-sgrùdaidh againn. Cuideachd, ged a tha dòighean stèidhichte riaghlaidh an sàs, thug obair mhionaideach a dh'iarr Riaghaltas na h-Alba oirnn ceistean nas fharsainge is nas cudromaiche a shònrachadh a thaobh riaghlaidh an taobh a-staigh a' Choimisein. Thathar air plana-feabhais a chur ri chèile agus thathar ga chur an gnìomh mu na ceistean seo. Tha sinn a' moladh gun*

*tèid na ceistean riaghlaidh seo a nochdadh mar as iomchaidh anns an aithris air riaghladh ann an 2016/17.”*

Tha Coimisean na Croitearachd air na ceistean riaghlaidh seo a nochdadh ann an earrann ‘Ceistean Riaghlaidh Cudromach’ san aithris seo

### **Luach as Fheàrr**

Ann an 2015/16 chuir Scott-Moncrieff crìoch air ath-bhreithneachadh àrd-ìre air na gnìomhan a lìbhrig Coimisean na Croitearachd mu choinneamh nan cuspairean uile fo Luach as Fheàrr a stèidhich Riaghaltas na h-Alba. Chùm Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais oirre a’ cumail sùil air adhartas tro 2016/17 le aghaidh choileanta ga cur air a’ chuid as motha de na molaidhean.

### **Ceistean Riaghlaidh Cudromach**

Ann an 2016-17, dh’iarr Rùnaire a’ Chaibineit airson Eaconamaidh is Cheanglaichean Dùthchail, Fearghas Ewing BPA, ath-bhreithneachadh le Scott-Moncrieff, an solaraiche sheirbheisean gu Coimisean na Croitearachd air an taobh a-staigh, air na h-ullachaidhean a thaobh riaghlaidh a bha aig a’ Choimisean. Chaidh an aithisg ag èirigh às an ath-bhreithneachadh seo fhoillseachadh air 10 Gearran 2017. Chuir an aithisg cuideam air caochladh cheistean riaghlaidh, agus rinn i molaidhean air na gnìomhan a bha a dhìth gus aghaidh a chur orra. Tha mi air plana-gnìomha a chur ri chèile is a chur a-mach a thaobh mar a tha na molaidhean anns an aithisg rin toirt air adhart. Thathar an dùil gun toir na molaidhean, aon uair is gu bheil iad an gnìomh, feabhas ar an fhream mu riaghladh corporra.

Tha mi ag obair gus a dhèanamh cinnteach gum bi na h-ullachaidhean a thaobh riaghlaidh a tha an sàs làidir agus èifeachdach. Buinidh na ceistean riaghlaidh a thogadh anns an aithisg gu h-àrd air a’ chuid as motha ri trì cùisean connspaideach mu chùil-chinn a thàinig gu ceann aig coinneamh a’ Bhùird ann am Brùra air 29 Sultain 2016. Aig a’ choinneimh seo, dh’èirich ceistean riaghlaidh nach eil a’ nochdadh na h-obrach a bhios sinn a’ dèanamh mar as trice ri linn gnothaichean a’ Choimisein nuair a bhios sinn a’ feuchainn ri deagh chleachdadh a thoirt gu buil.

Faodar sealltainn air copaidh de dh’aithisg Scott-Moncrieff aig [www.gov.scot/Topics/farmingrural/Rural/crofting-policy/GovernanceReview](http://www.gov.scot/Topics/farmingrural/Rural/crofting-policy/GovernanceReview). Faodar sealltainn

air freagairt Coimisean na Croitearachd aig [www.crofting.scotland.gov.uk/userfiles/file/Act\\_and\\_Policy/Crofting-Commission-Governance-Action-Plan.pdf](http://www.crofting.scotland.gov.uk/userfiles/file/Act_and_Policy/Crofting-Commission-Governance-Action-Plan.pdf)

Bidh cothrom aig luchd-sgrùdaidh Coimisean na Croitearachd air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh adhartas a mheas a rèir a’ phlana-gnìomha aig na coinneamhan ràitheil aig Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

### **Ceistean Riaghlaidh a’ Dol air Adhart**

Is iad na dùbhlain is bunaitiche a thaobh riaghlaidh a’ dol air adhart mu lìbhrigeadh thoraidhean far a bheil teannachadh a thaobh ionmhais:

- Toirt gu buil lìbhrigeadh dleastanasan reachdail Coimisean na Croitearachd nam b’ e gun rachadh an maoineachadh ann an èiginn bho Riaghaltas na h-Alba a tharraing air ais no a lùghdachadh.
- Leantainn air adhart a’ leasachadh an t-Siostaim ùir mu Fhiosrachadh Chroitean gus èifeachdalachd làimhseachadh chùisean riaghlach a dhèanamh nas fheàrr.
- Dèanamh cinnteach gun cuir an sgeama clàraidh air chomas do luchd-obrach Coimisean na Croitearachd obrachadh ann an dòigh èifeachdach.
- Leasachadh leanmhainneach air fiosrachadh mu rianachd air dèanadas, le comharraidhean dùbhlach mu dhèanadas.
- Bòrd an ìre mhath ùr a thoirt còmhla, agus a’ soilleireachadh nan tàbhachdan, nam poileasaidhean is nan dòighean-obrach aca.
- A’ dèanamh cinnteach gun tèid na feumalachdan fa leth aig na Coimiseanairean a thaobh sgilean is leasachaidh a shònrachadh agus a thoirt air adhart tro phrògraman-trèanaidh fa leth air feadh a’ Bhùird.
- Rianachd air cùisean a chuirear nan aghaidh ann an Cùirt an Fhearainn, a’ gabhail a-steach àireamh nach beag de dhùbhlain air ciad chlàradh croite no cùil-chinn.

### **Tèarainteachd Fiosrachaidh Phearsanta**

Fhad is as fhiosraichear, cha robh briseadh sam bith air fiosrachadh pearsanta ann an 2016-17 (2015-16: Gun ghin).

# Aithisg air Tuarastal agus aithisg luchd-obrach

## Gun sgrùdadh

### Poileasaidh pàighidh

#### Buill a' Bhùird

Tha Bòrd Coimisean na Croitearachd air a dhèanamh suas le suas gu naoinear Choimiseanairean Tha pàigheadh nan Coimiseanairean ga cheadachadh le Ministearan na h-Alba agus air obrachadh a-mach a rèir “Poileasaidh mu Phàigheadh san Roinn Phoblaich ann an Dreuchdan aig Àrd-ìre” (faicibh [www.scotland.gov.uk/publications](http://www.scotland.gov.uk/publications) airson barrachd fiosrachaidh). Tha dreuchdan a' Bhùird an-dràsta ann airson còig bliadhna a' tòiseachadh 17 Màrt 2017. Tha Buill a' Bhùird a chuireadh an dreuchd le Rùnaire na Stàite airson Eaconamaidh is Cheanglaichean Dùthchail ann airson trì bliadhna, agus faodar na cinn-latha air an deach an cur an dreuchd ann an Aithisg Pàigheadh a' Bhùird air duilleag 35.

#### Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach seasmhach agus air cumhnant stèidhichte gu lèir nan luchd-obrach gam fastadh le Riaghaltas na h-Alba agus tha iad nam pàirt de phrìomh aonad barganachaidh Riaghaltas na h-Alba agus tuarastal obrachadh a-mach. Tha pàigheadh ga obrachadh a-mach le Riaghaltas na h-Alba agus, nuair a thathar a' cur poileasaidh còmhla, thathar

mothachail air an fheum gum bi pàigheadh air a chur aig ìre a nì cinnteach gun tèid luchd-obrach a tharraing, a chumail agus a bhrosnachadh. Thathar cuideachd mothachail air poileasaidhean an Riaghaltais mun t-Seirbheis Phoblaich agus mu phàigheadh san roinn phoblaich agus am feum a tha ann smachd a chumail air caiteachas poblach.

#### Cunraidhean sheirbheisean

Fo Achd Ath-leasachadh Bun-reachdail agus Riaghlaidh 2010, feumaidh dreuchdan san t-Seirbheis Chatharra a bhith a thaobh airidheachd, ann am farpais a tha sgailte agus a rèir Cothrom na Fèinne. Tha na prionnsapalan mu tharraing luchd-obrach a dh'fhoillsicheas Coimisean na Seirbheise Catharra a' sònrachadh nan suidheachaidhean nuair a ghabhas dreuchdan a thoirt air dòigh eile.

Tha a' chuid as motha de na h-oifigearan air a bheilear a-mach anns an aithisg seo ann an dreuchdan fosgailte. Nan rachadh an toirt gu crìch gu tràth, seach airson mì-ghiùlain, gheibheadh an neach dìoghladh mar a thathar a' leagail sìos ann an Sgeama Dìoghlaidh na Seirbheise Catharra.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu obair Coimisean na Seirbheise Catharra aig [www.civilservicecommission.org.uk](http://www.civilservicecommission.org.uk).

## Air a Sgrùdadh Pàigheadh a' Bhùird

### Bha Coimiseanairean airidh air pàigheadh mar a leanas:

	2016-17 £	2015-16 £
<b>Coimiseanairean a bha ann an dreuchd rann an 2016/17</b>		
Caillean Ceannadach*,*6 (Neach-gairm bho 24 Ògmhios 2015)	22,275	21,759
Susan Nic an Fhùcadair (Neach-gairm gu 8 Cèitean 2015)	-	4,202
(Ionann agus bliadhna làn)	(20,575)	(20,371)
Iain Seòras Dòmhnallach*,*6	10,410	11,207
Caitlin Nic na Ceàrdaich*,*6	10,410	11,207
Marina Dennis*,*6	10,410	11,207
Murchadh MacIllinnein*,*6	10,410	11,207
Dàibhidh Caimbeul*,*6,*7	10,410	11,207
Arnie Pirie*,*5,*6	9,685	7,216
Calum MacMhathain*,*4	2,268	-
Uilleam Swann*,*1,*6	1,795	11,207
Seumas Scott*,*3	1,452	-
Anndra Holt*,*2	726	-
Cyril Annal*,*2	726	-
Ruairidh MacCoinnich*,*2,*8	726	-
Uilleam MacNèill*,*2	726	-
Màiri NicCoinnich*,*2	726	-
Iain MacIomhair*,*2	726	-
(Ionann agus bliadhna làn)	(8,710)	(8,623)

\* Thàinig an dreuchd gu crìch bho 17 Màrt 2017

\*1 Leig dreuchd dheth bho 2 Ògmhios 2016

\*2 Air a thaghadh na Choimiseanair, thòisich dreuchd bho 17 Màrt 2017

\*3 Suidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2017

\*4 Suidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2017

\*5 Bha an Coimiseanair air uairean air an lùghdachadh.

\*6 Air am pàigheadh còrr is sùim ionann bliadhna mar a thoradh air tuarastalan obraichean bàna bhith gan roinneadh an roinn athar is mic eadar na Coimiseanairean airson barrachd dhleastanasan a ghabhail os làimh

\*7 Suidheachadh 3 bliadhna às ùr le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Giblean 2017

\*8 Air a chur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba mar Neach-gairm bho 20 Ògmhios 2017

Chan eil peinneanan an lùib dreuchdan nan Coimiseanairean agus cha robh sochairean sam bith air am pàigheadh no rim pàigheadh.

## Pàigheadh oifigearan aig àrd-ìre

Tha fiosrachadh anns an earrann a leanas air pàigheadh agus leas pheinnseanan aig a' chuid as motha de na h-oifigearan aig àrd-ìre aig Coimisean na Croitearachd:

	Tuarastal		Sochairean peinnsein (faicibh nota 2 gu h-ìseal)		Iomlan	
	2016-17	2015-16	2016-17	2015-16	2016-17	2015-16
	£000	£000	£000	£000	£000	£000
<b>Ceannard</b>						
Uilleam Barron	30-35	–	3	–	30-35	–
Ionann is bliadhna	65-70	–	–	–	65-70	–
Caitriona NicIleathain	35-40	65-70	20	39	55-60	100-105
Ionann is bliadhna	65-70	–	–	–	65-70	–
<b>Sgioba-stiùiridh</b>						
Dàibhidh MacFhionnlaigh	55-60	55-60	23	22	80-85	75-80
Donna Nic a' Ghobhainn	50-55	45-50	0	0	50-55	45-50
Sine NicThòmais	40-45	40-45	10	13	50-55	55-60
Eòsaph MacIleChiar	40-45	35-40	29	25	70-75	60-65
Iain Toal	40-45	35-40	15	23	55-60	60-65

### Tuarastal

Tha tuarastal a' gabhail a-steach an tuarastail gu h-iomlan, àm a bharrachd agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre dham bheil e fo chìsean RA. Tha an aithisg seo stèidhichte air pàigheadh a chaidh a dhèanamh sa bhliadhna le Coimisean na Croitearachd.

### Sochairean in kind

Cha robh sochairean sam bith *in kind* ann an 2016-17 (2015-16: Neoni).

### Bònasan

Cha robh bònasan sam bith *in kind* ann an 2016-17 (2015-16: Neoni).

Not 1: *tha luach nan sochairean peinnsein air an tàrmachadh anns a' bhliadhna ga mhìneachadh mar (an t-àrdachadh ann am fìrinn air peinnsein air iomadachadh le 20) agus (an t-àrdachadh ann am fìrinn air sùim sam bith na cnap) le (na cuibhreannan a nì duine) air an toirt air falbh. Chan eil àrdachadh ri linn ataireachd no àrdachadh sam bith ri linn cur a-null còraichean peinnsein mar phàirt den àrdachadh ann am fìrinn.*

### Nochdadh mu Phàigheadh Ceart

Feumaidh buidhnean a' toirt aithisgean an càirdeas eadar pàigheadh an neach-obrach as àirde pàigheadh anns an eagrachadh aca agus am pàigheadh mar mheadhan aig luchd-obrach an eagrachaidh a nochdadh.

B' e am pàigheadh bannaichte aig an neach-obrach as àirde pàigheadh ann an Coimisean na Croitearachd ann am bliadhna-ionmhais 2016-17 £65k-£70k (2015/16 £65k-70k). Bha seo aig ìre 2.7 turas (2015/16 2.8) na b' àirde na am pàigheadh mar mheadhan aig an luchd-obrach a bha aig £24,833 (2015/16 £24,146).

Ann an 2016-17 cha d'fhuair neach-obrach sam bith (2015/16 Neoni) pàigheadh de chòrr air a' Cheannard. Bha am pàigheadh eadar ìre £17,242 agus £58,694 (2015/16 £16,842 gu £55,928).

**Sochairean Peinnein**

	Peinnean air a thàrmachadh aig aois a' pheinnein 31/03/17 agus sùim na cnap na lùib		Àrdachadh ann am firinn air peinnean agus sùim na cnap na lùib aig aois a' pheinnein		CETV aig 31/03/17	CETV aig 31/03/16	Àrdachadh ann am firinn air CETV air a phàigheadh le fastaidhear
	£000		£000		£000	£000	£000
	Peinnean	Sùim na cnap	Peinnean	Sùim na cnap			
<b>Ceannard</b>							
Uilleam Barron	25-30	85-90	0-2.5	0-2.5	631	624	2
Caitriona Niclleathain	20-25	65-70	0-2.5	2.5-5	462	439	17
<b>Luchd-stiùiridh eile</b>							
Dàibhidh MacFhionnlaigh	0-5	0	0-2.5	0	25	13	8
Sìne NicThòmais	5-10	0	0-2.5	0	199	180	10
Iain Toal	5-10	25-30	0-2.5	0-2.5	224	199	15
Eòsaph MacIlleChiar	10-15	40-45	0-2.5	2.5-5	299	260	27
Donna Nic a' Ghobhainn	Peinnean com-pàirteachais. Cuibhreann fastaidheir airson na bliadhna 5-10						

Chaidh am fiosrachadh a nochdar ann an clàran nan tuarastalan is nam peinneanan gu h-àrd a sgrùdadh le Deloitte LLP. Chaidh ath-bhreithneachadh a dhèanamh air na h-earrannan eile le Deloitte LLP gus a dhèanamh cinnteach gun robh iad air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail.

## Gun sgrùdadh

### Peinnsean na Seirbheise Catharra

Tha sochairean peinnsein gan toirt seachad tro ullachaidhean peinnsein na Seirbheise Catharra. Bho 1 Giblean 2015 chaidh sgeama ùra pheinnsean do sheirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama Peinnsean Sheirbheiseach Catharra is Eile (alpha), a bheir seachad sochairean mar chuibheas ann an dreuchd le aois àbhaisteach a' pheinnsein aig an aon ìre ri Aois Peinnsean na Stàite (no 65 ma tha e nas àirde). Bhon cheann-latha sin chaidh a h-uile seirbheiseach catharra ùr agus a' chuid as motha a bha ann an seirbheis mar-thà san sgeama. Ron cheann-latha sin, ghabh seirbheisich chatharra pàirt ann an Sgeama Prìomh Pheinnsean na Seirbheise Catharra. Bha ceithir earrannan san sgeama: a trì a' toirt seachad shochairean a rèir an tuarastail mu dheireadh (clasaigeach, prìomhach agus còrr is clasaigeach) le peinnsean àbhaisteach aig aois 60; agus a h-aon a' toirt seachad shochairean a rèir na dreuchd gu lèir (nuvos) le aois a' pheinnsein aig 65 mar as àbhaist.

Tha na h-ullachaidhean reachdail seo gam f-mhaoineachadh le cosgais nan sochairean le airgead air am bi a' Phàrlamaid a' bhòtadh gach bliadhna. Tha peinnsean a tha rim pàigheadh fo chlassic, premium, classic plus, nuvos is alpha gam meudachadh gach bliadhna a rèir an reachdais mu Mheudachadh Pheinnsean. Dh'fhuirich buill den PCSPS a bha an taobh a-staigh 10 bliadhna de dh'aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 sa PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Thèid an fheadhainn a bha eadar 10 bliadhna is 13 bliadhna bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 a-steach gu alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 is 1 Gearran 2022. Thèid sochairean PCSPS nan daoine a thèid ann an alpha a thasgadh, leis an fheadhainn le sochairean nas tràithe ann an tè de na h-earrannan tuarastail mu dheireadh den sgeama a' faighinn nan sochairean a rèir an tuarastail mu dheireadh aca nuair a dh'fhàgas iad alpha. (Tha na h-àireamhan-peinnsein air a bheil iomradh do dh'oifigearan a' nochdadh a' pheinnsein a chaidh a chosnadh san sgeama no ann an alpha – a rèir mar as iomchaidh. Nuair a bhios sochairean aig an oifigear san sgeama is ann an alpha le chèile, is e an àireamh air a bheil iomradh luach nan sochairean còmhla san dà sgeama.) Faodaidh buill a' tighinn

a-steach bhon Dàmhair 2002 an t-ullachadh comharraichte iomchaidh mu shochairean no peinnsean neach-pàirteachaidh 'ceannach-airgid' le cuibhreann fastaidheir (cunntas peinnsein com-pàirteachais) a thaghadh.

Tha cuibhreannan fastaidheir ceangailte ri tuarastal agus iad aig ìre 3% agus 8.05% de chosnadh airson peinnsein de dhaoine ann an clasaigeach (agus an fheadhainn ann an alpha a bha ann an clasaigeach gu dìreach mus deach iad ann an alpha) agus eadar 4.6% is 8.05% do dhaoine le clasaigeach, còrr is clasaigeach, nuvos agus a h-uile duine eile ann an alpha. Bidh sochairean ann an clasaigeach a' tàrmachadh aig ìre 1/80 de chosnadh mu dheireadh airson peinnsein do gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha sùim na cnap a tha co-ionann ri trì bliadhna de pheinnsean an toiseach ri pàigheadh an dèidh dol air chluainidh. Airson prìomhach, bidh sochairean a' tàrmachadh aig ìre 1/60 den chosnadh mu dheireadh airson peinnsein do gach bliadhna de sheirbheis. Seach clasaigeach, chan eil sùim mar chnap automatic ann. Tha còrr is clasaigeach an ìre mhath na mheasgachadh le sochairean do sheirbheisean ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach ann am farsaingeachd mar a tha clasaigeach agus sochairean do sheirbheis air an obrachadh a-mach mar a tha iad ann am prìomhach. Ann an nuvos, bidh duine a' cur ri peinnsean stèidhichte air a c(h)osnadh airson peinnsein ri linn àm ballrachd an sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt), tha cunntas peinnsein choisintte a' bhuill a' faighinn 2.3% den chosnadh airson peinnsein aca sa bhliadhna sin den sgeama agus tha am peinnsean air a thàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais air àrdachadh peinnsein. Bidh sochairean ann an alpha a' fàs ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns gach suidheachadh, faodaidh gun cuir daoine romhpa am peinnsean a thoirt suas agus sùim na cnap fhaotainn chun nan crìochan a leag Achd an Ionmhais 2004.

Tha cunntas peinnsein com-pàirteachais na ullachadh peinnsein do luchd-pàirteachaidh. Nì am fastaidhear cuibhreann bunaiteach eadar 3% is 12.5% gu 30 Sultain 2015 agus 8% is 14.75% bho 1 Dàmhair 2015 (a rèir aois a' bhuill) ann am



bathar peinnein luchd-pàirteachaidh a thaghas am ball bho phannal sholaraidhean. Cha leig an neach-obrach leas cur ris, ach nuair a chuireas iad, bheir am fastaidhear an aon rud seachad gu ìre 3% den tuarastal airson peinnein (a bharrachd air cuibhreann bunaitheach an fhastaidheir). Bidh fastaidhearann cuideachd a' cur 0.8% a bharrachd de thuarastal airson peinnein bho 1 Dàmhair 2015 gus cosgais àrachas sochairean gàbhaidh air a phàigheadh gu meadhanach a chòmhdach (bàs ann an seirbheis agus leigeil dreuchd seachad air sàilleabh droch shlàinte).

Is e am peinnein air a thàrmachadh a thathar a' toirt am peinnein air a bheil am ball airidh nuair a ruigeas iad aois a' pheinnein, no gu dìreach nuair a sguireas iad a bhith nam ball den sgeama ma tha iad aig aois a' pheinnein no nas sine mar-thà. Is e 60 aois a' pheinnein do bhuill clasaigeach, còrr is clasaigeach agus prìomhach, 65 do bhuill nuvos agus 65 Aois Peinnein na Stàite do bhuill alpha. (Tha na figearan peinnein a bheirear airson oifigearan a' nochdadh a' pheinnein a chaidh a chosnadh ann am PCSPS no alpha – mar a tha iomchaidh. Nuair a tha sochairean aig an oifigear anns am PCSPS is ann an alpha le chèile, is e an àireamh a bheirear luchd nan sochairean san dà sgeama còmhla ach thoiribh fa-near gur dòcha gum biodh pàirtean den pheinnein sin rim pàigheadh aig aois seach aois.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnein na Seirbheise Catharra air an làrach-lìn [www.civilservicepensionscheme.org.uk](http://www.civilservicepensionscheme.org.uk)

### **Luachan Cur A-null Co-ionannachd Airgid**

Is e a tha ann an Luachan Cur A-null Co-ionannachd Airgid (CETV) an luach calpa air a sgrùdadh air sochairean ann an sgeama peinnein a choisinn

ball aig àm sònraichte. Is iad na sochairean a tha air an luachadh sochairean a' bhuill air an tàrmachadh agus peinnein sam bith aig cèile ceangailte a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Is e a tha ann an CETV pàigheadh a nithear le sgeama peinnein no ullachadh nuair a dh'fhàgas ball sgeama no a chuireas e roimhe na sochairean air an tàrmachadh san sgeama roimhe a chur a-null. Buinidh na figearan peinnein a tha a' nochdadh na sochairean a fhuair ball mar thoradh air ballrachd iomlan ann an sgeama peinnein, chan e dìreach an t-seirbheis aca ann an dreuchd aig àrd-ìre dham buin an nochdadh.

Am measg nam figearan tha luach sochair peinnein sam bith ann an sgeama eile no ann an ullachadh a chuir am ball a-null gu ullachaidhean peinnein na Seirbheise Catharra. Nam measg cuideachd tha sochair peinnein sam bith a bharrachd a fhuair am ball seach gun do cheannaich e sochairean peinnein a bharrachd air a chosgais fhèin. Tha CETV an gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean Peinnein Obrach (Luachan Cur A-null) (Atharrachadh) 2008 agus chan eil iad mothachail air lùghdachadh sam bith ann am firinn no san ùine air thoiseach air sochairean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'fhaodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thèid na sochairean peinnein a ghabhail.

### **Àrdachadh ann am firinn air CETV**

Tha seo a' sealltainn an àrdachaidh air CETV a tha ga mhaoineachadh leis an fhastaidhear. Chan eil e a' gabhail a-steach an àrdachaidh air peinnein air a thàrmachadh ri linn ataireachd, cuibhreannan a phàigheas an neach-obrach (luach shochairean sam bith a chuireadh a-null bho sgeama no ullachadh peinnein eile nam measg) agus bidh e a' cleachdadh chomharraidhean àbhaisteach a thaobh luach sa mhargadh aig toiseach is deireadh na h-ùine.

## Air a sgrùdadh

### Aithisg Luchd-obrach

#### Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach seasmhach £000	Buill a' Bhùird £000	Eile £000	Iomlan 2016-17 £000	Iomlan 2015-16 £000
Tuarastalan	1,340	94	–	1,434	1,354
Cosgaisean Tèarainteachd shòisealta	127	4	–	131	98
Cosgaisean peinnsein eile	271	–	12*	283	275
Luchd-obrach sealach	–	–	186	186	308
<b>Iomlan</b>	<b>1,738</b>	<b>98</b>	<b>198</b>	<b>2,034</b>	<b>2,035</b>

	2016-17 £000	2015-16 £000
	12	12

\* Peinnsein a phàigheadh do Choimiseanairean roimhe fo “chosgaisean peinnsein eile”

Cha robh ullachaidhean sam bith mu phàigheadh far an rola don luchd-obrach ann an 2016-17.

#### Gun sgrùdadh

#### Àireamh dhaoine air am fastadh aig ìre làn-ùine mar chuibheas

	2016-17		2015-16	
	Luchd-obrach air am fastadh gu seasmhach	Eile	Luchd-obrach air am fastadh gu seasmhach	Eile
Air am fastadh gu dìreach	48.75	–	47.33	–
Luchd-obrach sealach	–	5.5	–	8.3
Luchd-obrach an sàs ann am pròiseactan calpach	–	–	1.38	0.42
<b>Iomlan</b>	<b>48.75</b>	<b>5.5</b>	<b>48.71</b>	<b>8.72</b>

#### Fios mu Ghnè

	Fireann 31 Màrt 2017	Boireann 31 Màrt 2017	Fireann 31 Màrt 2016	Boireann 31 Màrt 2016
Coimiseanairean	8	1	6	2
Ceannard*	1	–	–	1
<b>Luchd-obrach</b>	<b>18</b>	<b>37</b>	<b>17</b>	<b>44</b>

\* Ball den luchd-obrach aig àrd-ìre san t-seirbheis chatharra no co-ionann rithe  
Tha àireamhan fhastaichean a' gabhail a-steach luchd-obrach salach  
Is iad na figearan gu h-àrd mar àireamhan iomlan an luchd-obrach aig 31 Màrt 2017 (buidhnean-gnìomha nam measg)  
seach co-ionannachd làn-ùine

## Às an Làthair le Tinneas

B' e an ìre às an làthair le tinneas fad na bliadhna gu 31 Màrt 2017 611 latha (2015-16 – 461 latha), mar 5.5% (2015-16: 4.1%) de dh'àireamh iomlan nan làithean a bha rim faotainn. Tha seo co-ionann ri àireamh chuibheasach tinneas làithean do gach ball den luchd-obrach de 12.4 latha (2015-16: 9.3 latha).

## Poileasaidhean Co-ionannachd Chothroman is Eugsamhlachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba air co-ionannachd chothroman is eugsamhlachd. Tha am poileasaidh mu cho-ionannachd chothroman ag ràdh gum bu chòir gum faigheadh an luchd-obrach an aon làimhseachadh, chan eil e gu diofar dè a' ghnè, an inbhe a thaobh pòsaidh, an aois, an cinneadh, an claonadh a thaobh gnè, an ciorram, an creideamh, am pàtran obrach, inbhe a thaobh fastaidh, aithneachadh gnè, cùram no ballrachd aonaidh-chiùird a bhiodh aca. Air an aon rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean na Croitearachd cur ri eugsamhlachd an luchd-obrach anns an eagrachadh. Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltainn an luchd-obrach air fad a leasachadh agus a' cur luach gu deimhinneach air farsaingeachd sheallaidhean is eòlais a bheir a h-uile neach dhan obair againn. Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd na dleastanasan aige a lìbhrigeadh ann am modh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman, aig a bheil e mar amas cur às do lethbhreith agus do ghiùlan eile air an cuir reachdas mu cho-ionannachd toirmeasg.

## Air an sgrùdadh

# Nochdadh mu Chunntachalachd Phàrlamaideach

### Call agus pàighidhean sònraichte

Cha deach call no pàighidhean sònraichte a dhèanamh sa bhliadhna 2016-17 (2015-16: Neoni).

### Tìodhlacan is Tabhartasan Carthannach

Cha deach call no pàighidhean sònraichte a dhèanamh sa bhliadhna 2016-17 (2015-16: Neoni).

### Fiachanas Tuiteamach air Astar

Aig 31 Màrt 2017 cha robh fiachanas tuiteamach air astar ri iomradh.



Uilleam Barron

Ceannard is Oifigear Cunntachail  
Ceann-latha 17 Lùnastal 2017

# Aithisg an Neach-Sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Choimisean na Croitearachd, do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba

Tha an aithisg seo ga dèanamh dìreach do na pàrtaidhean dham bheilear ga seòladh a rèir Achd Ionmhais is Cunntalachd Phoblaich (Alba) 2000 agus chan ann air adhbhar sam bith eile. A rèir paragraf 120 den Chòd mu Cleachdadh Sgrùdaidh air a cheadachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil sinn a' gabhail dleasanais os làimh do bhuill no do dh'oifigearan, mar dhaoine fa leth, no do threas pàrtaidhean.

## Aithisg air sgrùdadh nan aithrisean-ionmhais

### Beachd air aithrisean-ionmhais

Tha sinn air na h-aithrisean-ionmhais ann an aithisg bhliadhnail is cunntasan Choimisean na Croitearachd airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2017 a sgrùdadh fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) agus Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010. Tha an aithris-ionmhais air a dèanamh suas leis an Aithris mu Chaiteachas Lom Coileanta, an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail, an Aithris mu Shruthan-airgid, an Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse agus notaichean mu na h-aithrisean-ionmhais, giorrachadh air polasaidhean cudromach mu chunntasachd nam measg. Tha am frèam mu aithisg-ionmhais a thathar a' cleachdadh gus an ullachadh na lagh iomchaidh agus a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean-ionmhais (IFRSs) ris an do ghabh Aonadh na h-Eòrpa, agus mar a chaidh a mhìneachadh agus a chleachdadh le Leabhar-làimhe 2016/17 mu Aithisgean-ionmhais Riaghaltais (FReM 2016/17).

Nar beachd tha na h-aithrisean-ionmhais nan lùib a' dèanamh mar a leanas:

- air sealladh fìor is ceart a thoirt a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) agus Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaidh a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba air suidheachadh cùisean na buidhne aig 31 Màrt 2017 agus mun chaiteachas lom aice airson na bliadhna a thàinig gu crìch aig an àm sin;
- air a bhith air an ullachadh mar as còir a rèir nan Inbhean ris an do ghabh Aonadh na h-Eòrpa, mar a chaidh a mhìneachadh agus a chleachdadh le FReM 2015/17; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir feumalachdan Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) agus Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaidh a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba.

### Bunait Beachd

Rinn sinn sgrùdadh a rèir nan laghan iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta mu Chunntasachd anns an Rìoghachd Aonaichte agus ann an Èirinn (ISA (UK&I)). Tha barrachd mìneachaidh ga thoirt mu na dleastanasan againn fo na h-inbhean sin ann an earrann Dleastanasan an Luchd-sgrùdaidh mu Sgrùdadh Aithrisean-ionmhais den aithisg againn. Tha sinn neo-eisimeileach air a' bhuidhinn a rèir nam feumalachdan beusail a bhuineas ris an sgrùdadh againn air na h-aithrisean-ionmhais anns an Rìoghachd Aonaichte, Inbhean Beusail na Comhairle mu Aithisgean-ionmhais do Luchd-sgrùdaidh nam measg, agus tha sinn air na dleastanasan beusail eile againn a choileanadh a rèir nam feumalachdan seo. Tha sinn den bheachd gu bheil an fhianais mu sgrùdadh a fhuair sinn gu leòr is iomchaidh gus bunait ris a' bheachd againn a chruthachadh.

### **Dleastanasan an Oifigeir a tha Cunntachail airson nan aithrisean-ionmhais**

Mar a mhìnichear nas iomlaine ann an Aithris Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail, tha ullachadh nan aithrisean-ionmhais a bheir sealladh fìor is ceart a rèir an fhrèama mu aithisgean-ionmhais, agus airson a leithid de riaghladh air an taobh a-staigh agus a tha a dhìth ann am beachd an Oifigeir Chunntachail agus aithrisean-ionmhais a tha saor bho mhì-aithris chudromach, mar thoradh air foill no mearachd, ullachadh an urra ris an Oifigeir Chunntachail.

### **Dleastanasan an Luchd-sgrùdaidh a thaobh sgrùdadh nan aithrisean-ionmhais**

Is e an dleastanas a tha oirnn na h-aithrisean-ionmhais a sgrùdadh agus beachd orra a nochdadh a rèir nam feumalachdan laghail a tha iomchaidh agus nan inbhean san RA agus ann an Èirinn mar a tha a dhìth fon Chòd mu Cleachdadh Sgrùdaidh air a cheadachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Fo na h-inbhean sin, feumaidh sinn gèilleadh do dh'Inbhean Beusail na Comhairle mu Aithisgean-ionmhais do Luchd-sgrùdaidh. Ann a bhith a' sgrùdadh bidh sinn a' tionail fianaise mu na suimeannan is na nochdaidhean sna h-aithrisean-ionmhais agus dearbhadh reusanta a thoirt gu bheil na h-aithrisean-ionmhais saor bho mhì-aithris chudromach, air adhbharachadh le foill no mearachd. Tha seo a' gabhail a-steach measadh a dhèanamh a bheil na polasaidhean mu chunntasachd iomchaidh a' freagairt air suidheachadh na buidhne agus air a bhith air an cur an sàs air an aon rèir; cho reusanta agus a tha tuairmeas cudromach mu chunntasachd a rinneadh leis an Oifigeir Chunntachail; agus nochdadh nan aithrisean-ionmhais anns an fharsaingeachd.

Is iad na cinn-chrìche a tha againn dearbhadh reusanta a thoirt gu bheil na h-aithrisean-ionmhais ann am farsaingeachd saor bho mhì-aithris chudromach, mar thoradh air foill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh leis na beachdan againn a chur a-mach. Is e na tha ann an dearbhadh reusanta dearbhadh aig ìre àrd, ach chan eil e na bharantas gun lorg sgrùdadh a nithear a rèir nan Inbhean mì-aithris chudromach nuair a tha e ann an-còmhnaidh. Faodaidh mì-aithrisean èirigh à foill no mearachd agus thathar gam meas cudromach mas e gum faodar dùil a bhith ris gun toireadh iad buaidh, fa leth no còmhla, air co-dhùnaidhean eaconomach luchd-cleachdaidh a ghabhar air am bonntachadh air na h-aithrisean-ionmhais seo.

### **Fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnail agus anns na cunntasan**

Tha am fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnail agus anns na cunntasan an urra ris an Oifigeir Chruthachail. Tha am fiosrachadh eile air a dhèanamh suas leis an fhiosrachadh seach na h-aithrisean-ionmhais agus beachd an neach-sgrùdaidh againn orra. Chan eil am beachd againn air na h-aithrisean-ionmhais a' gabhail gnothaich ris an fhiosrachadh eile agus cha bhi sinn a' nochdadh co-dhùnaidh dhearbhadh sam bith orra ach a-mhàin air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba chun na h-ìre a chuirear an cèill gu follaiseach nas fhaide air adhart anns an aithisg seo.

A thaobh an sgrùdaidh againn air na h-aithrisean-ionmhais a rèir nan Inbhean, is e an dleastanas a tha oirnn am fiosrachadh mu ionmhas is eile san aithisg bhliadhnail is sna cunntasan a leughadh agus mì-sheasmhachd chudromach leis na h-aithrisean-ionmhais air an sgrùdadh a shònrachadh agus fiosrachadh sam bith a tha a rèir choltais ceàrr gu bunaiteach no gun a bhith air an aon rèir ris an fhiosrachadh a fhuair sinn ri linn dhuinn a bhith a' dèanamh an sgrùdaidh a chomharrachadh. Ma dh'fhàsas sinn mothachail air mì-aithrisean no mì-sheasmhachd chudromach sam bith bidh sinn a' gabhail beachd air a' bhuaidh a bheir iad air an aithisg againn.

### **Aithisg air riaghailteachd caiteachais is teachd-a-steach**

#### **Beachd air riaghailteachd**

Nar beachd, dh'èirich anns gach seagh bunaiteach an caiteachas is an teachd-a-steach anns na h-aithrisean-ionmhais agus chaidh an cur an sàs a rèir nan achdan iomchaidh agus an treòrachaidh a thug Ministearan na h-Alba.

#### **Dleastanasan airson riaghailteachd**

Tha dearbhadh riaghailteachd caiteachais is teachd-a-steach an urra ris an Oifigeir Chunntachail. Tha uallach oirnn beachd a nochdadh air riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a rèir Achd Ionmhais is Cunntalachd Phoblaich (Alba) 2000.

### **Aithisg air feumalachdan eile**

#### **Beachdan air cùisean eile air an òrdachadh**

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba a' toirt oirnn beachd a nochdadh air na cùisean a leanas.

Nar beachd, chaidh a' chuid a ghabhas sgrùdadh den Aithisg air Pàigheadh is Sgioba ullachadh mar as còir a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) agus Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaidh a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba.

Nar beachd, stèidhichte air an obair a ghabhadh os làimh ri linn an sgrùdaidh

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt anns an Aithisg air Dèanadas airson na bliadhna-ionmhais dhan deach na h-aithrisean-ionmhais ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean-ionmhais agus chaidh an aithisg ullachadh a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) agus Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaidh a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba; agus
- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt anns an Aithisg air Riaghladh airson na bliadhna-ionmhais dhan deach na h-aithrisean-ionmhais ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean-ionmhais agus chaidh an aithisg ullachadh a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd


Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) agus Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 agus an treòrachaidh a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba.

### **Cùisean air an fheum sinn beachd a thoirt le eisgeachd**

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh a' toirt oirnn aithisg a thoirt dhuibh mas e, nar beachd:

- nach deach clàran-cunntasachd math gu leòr a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean-ionmhais agus a' chuid a ghabhas sgrùdadh den Aithisg air Pàigheadh is Sgioba a' dol leis na clàran-cunntasachd; no
- nach d'fhuair sinn am fiosrachadh is na mìneachaidhean gu lèir a bhios a dhìth oirnn airson an sgrùdaidh againn.

Chan eil aithisg sam bith ri toirt seachad againn mu na cùisean seo.



Pat Kenny, CPFA (airson agus às leth Deloitte LLP)  
110 Sràid na Banrigh  
Glaschu  
G13BX

Ceann-latha 16 Lùnastal 2017



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

## Aithrisean Ionmhasail 2016-17

• Aithreachas mu Chaiteachas Glen Coileanta	46
• Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail	47
• Aithris mu Shruthan-airgid	48
• Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse	49
• Notaichean an cois nan Cunntasan	50
• Stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba	57

## Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta

airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2017

	Nota	2017 £000	2016 £000
Teachd-a-steach obrachaidh eile	2	(229)	(371)
<b>Teachd-a-steach obrachaidh eile</b>		<b>(229)</b>	<b>(371)</b>
Cosgaisean luchd-obrach	Aithisg Luchd-obrach duilleag 40	2,034	2,035
Ìsleachadh is Lùghdachadh	3,4,5	82	75
Caiteachas obrachaidh eile	3	599	649
<b>Caiteachas iomlan obrachaidh</b>		<b>2,715</b>	<b>2,759</b>
<b>Caiteachas glan obrachaidh</b>		<b>2,486</b>	<b>2,388</b>

Tha na notaichean air duilleag 50 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo



## Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail

aig 31 Màrt 2017

	Nota	2017 £000	2016 £000
<b>Maoin neo-ruithe:</b>			
Uidheam Teicneòlais Fhiosrachaidh	4	23	42
Maoin dho-bheantainneach (Bathar-bog)	5	126	168
<b>Maoin neo-ruithe iomlan</b>		<b>149</b>	<b>210</b>
<b>Maoin ruithe</b>			
Malairt agus nithean eile a fhuairleadh	6	58	34
Airgead ullamh agus co-ionannachd ris	7	93	100
<b>Maoin ruithe iomlan</b>		<b>151</b>	<b>134</b>
<b>Maoin iomlan</b>		<b>300</b>	<b>344</b>
<b>Fiachanas ruithe</b>			
Malairt agus nithean eile rim pàigheadh	8	111	86
Fiachanas eile	8	72	79
Ullachaidhean	9	3	16
<b>Fiachanas ruithe iomlan</b>		<b>186</b>	<b>181</b>
<b>Maoin iomlan le fiachanas ruithe air a thoirt air falbh</b>		<b>114</b>	<b>163</b>
<b>Maoin iomlan le fiachanas iomlan air a thoirt air falbh</b>		<b>114</b>	<b>163</b>
<b>Cothromas luchd-pàighidh cise</b>			
Maoin choitcheann		<b>114</b>	<b>163</b>



Uilleam Barron  
Ceannard is Oifigear Cunntachail  
Ceann-là 16 Lùnastal 2017

Thug an t-Oifigear Cunntachasail gun rachadh na h-aithrisean ionmhasail seo a sgaoileadh air 17 Lùnastal 2017

Tha na notaichean air duilleag 50 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo

## Aithris mu Shruthan-airgid

airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2017

	Nota	2017 £000	2016 £000
<b>Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan obrachaidh</b>			
Caiteachas iomlan obrachaidh		(2,486)	(2,388)
Atharrachadh airson thar-ghnìomhan neo-airgid			
Ìsleachadh is Lùghdachadh	3,4,5	82	75
Gluasadan ann an calpa obrach			
(Àrdachadh)/Ìsleachadh air malairt is nithean eile a fhuairleadh	6	(24)	5
Àrdachadh/(Ìsleachadh) air malairt is nithean eile rim pàigheadh is ullachaidhean	8,9	5	(92)
<b>Sruth-airgid gu h-iomlan bho ghnìomhachdan obrachaidh</b>		<b>(2,423)</b>	<b>(2,400)</b>
<b>Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan tasgaidh</b>			
Ceannach goireasan teicneòlais fhiosrachaidh	4	(15)	(14)
Ceannach maoinne do-bheantainneach	5	(6)	(107)
<b>Sruth-airgid iomlan bho ghnìomhachdan tasgaidh</b>		<b>(21)</b>	<b>(121)</b>
<b>Sruthan-airgid a-mach nan iomlan</b>		<b>(2,444)</b>	<b>(2,521)</b>
<b>Sruthan-airgid iomlan bho ghnìomhachdan maoineachaidh</b>			
Tabhartas-mar-Thaic		2,437	2,540
<b>Àrdachadh/Ìsleachadh air airgead ullamh agus co-ionann ris</b>		<b>(7)</b>	<b>19</b>
Airgead ullamh is co-ionann ris aig toiseach na h-ùine		100	81
Airgead ullamh is co-ionann ris aig deireadh na h-ùine		93	100

Tha na notaichean air duilleag 50 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo

## Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse

airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2017

	£000
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2016</b>	<b>163</b>
Tabhartas-mar-Thaic	2,437
	2,600
Caiteachas glan coileanta airson na bliadhna	(2,486)
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2017</b>	<b>114</b>
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2015</b>	11
Tabhartas-mar-Thaic	2,540
Caiteachas iomlan aithnichte airson 2015-16	<b>2,551</b>
Caiteachas glan coileanta airson na bliadhna	(2,388)
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2016</b>	<b>163</b>

Tha na notaichean air duilleag 50 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo

# Notaichean an cois nan Cunntasan

## 1. Aithris mu phoileasaidhean cunntasachd

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Leabhar-làimhe 2016-17 an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais (FReM) a chuir Roinn an Ionmhais agus Seòladh nan Cunntasan (duilleag 57) a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha an Leabhar-làimhe a' nochdadh cruth nan cunntasan bliadhnail. Tha Tabhartas-mar-Thaic ga thoirt a-steach sa Mhaoin Choitichinn anns an Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse seach anns an Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta. Tha an caiteachas is an teachd-a-steach eile gu lèir ga thoirt anns an Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta.

Tha na cleachdaidhean cunntasachd san Leabhar-làimhe a' cur Inbhean eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhais (IFRSan) mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh don roinn phoblaich an sàs.

Nuair a tha an Leabhar-làimhe a' leigeil le roghainn a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar air am poileasaidh a b' fheàrr nar beachd mar am fear as fhreagarraiche do shuidheachadh sònraichte Coimisean na Croitearachd gus sealladh a tha fìor is ceart a thoirt a thaghadh.

Tha na poileasaidhean sònraichte a ghabh Coimisean na Croitearachd gam mìneachadh gu h-ìseal. Thathar air an cur an sàs gu seasmhach ann a bhith a' dèiligeadh ri nithean a bhuineas ris na cunntasan nar beachd.

Chaidh na h-aithrisean ionmhais anns an aithisg seo ullachadh mar ghnòthach a' dol air adhart oir tha an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil gu leòr ghoireasan aig Coimisean na Croitearachd gus cumail air ag obrachadh ùine fhathast.

### 1.1 Gnàths cunntasachd

Chaidh na cunntasan seo ullachadh fo ghnàths nan cosgaisean eachdraidheil air an atharrachadh gus cunntas a thoirt air an ath-luachadh air uidheam is maoin dho-bheantainneach mar stuth aig an luach don eagrachadh le bhith a' toirt tarraing air a' chosgais a tha orra an-dràsta.

### 1.2 Uidheam

Tha uidheam a' ciallachadh mìrean de bhathar-cruaidh teicneòlais fhiosrachaidh le cosgais os cionn £5,000. Nuair a chosgais mìrean fa leth nas lugha na £5,000, ach a bhios an seòrsa maoin mar iomlan a' cosg barrachd na £5,000, tha iad a' dol mar chalpa. Gu sònraichte, buinidh seo ri ceannach choimpiutairean agus bathar-bog nan cois, a dh'ìslicheas thar am beatha, a thathar ga meas mar 3 bliadhna.

Tha maoin TF ga giùlan aig luach ceart. Thathar air cosgais eachdraidheil air a lùghdachadh a chleachdadh mar ionannachd ri luach ceart airson uidheam TF bho nach eil e practaigeach luach fhaighinn seach gu bheil luach ìseal air an t-seòrsa seo maoin.

### 1.3 Maoin dho-bheantainneach

Ann am maoin dho-bheantainneach tha cead bathar-bog a cheannaicheadh agus bathar-bog a chaidh a leasachadh air an taobh a-staigh, aig a bheil le chèile ìre calpa de £5,000. Nuair a chruthaich calpachadh air an taobh a-staigh maoin dho-bheantainneach bhathar-bog, chan eilear ach air cosgaisean dìreach, cosgaisean luchd-obrach is cosgaisean ceangailte ri luchd-obrach nam measg, a chur a-steach nuair a thathar den bheachd gun cruthaich a' mhaoin buannachd eaconamach a bharrachd ri tìde mar chaomhnadh no leasachaidhean air modhan air an taobh a-staigh. Tha luach ga thoirt air maoin dho-bheantainneach aig cosgais a thathar a' cleachdadh mar ionannachd ri luach ceart.

Nuair a tha mìrean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000, ach a tha an seòrsa maoin mar iomlan a' cosg barrachd is £5,000 tha iad a' dol mar chalpa.

Poileasaidh mu Lùghdachadh:

Bathar-bog air a leasachadh air an taobh a-staigh 7 bliadhna

Cead siostam obrachaidh choitichinn no do phrògraman ghoireasan 3 bliadhna.

### 1.4 Cìs Luach a Bharrachd

Tha VAT nach fhaighear air ais ga chur ris na cosgaisean buntainneach agus ga chur mar chis ris an Aithris air Caiteachas Glan Coileanta san ùine san do dh'èirich e.

## 1.5 Buannachdan Luchd-obrach Buannachdan Luchd-obrach anns an Ùine Ghoirid

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithnicheadh anns a' bhliadhna sam faighear an t-seirbheis bho luchd-obrach. Aithnichear na chosgais làithean-saora bliadhnail agus an airidheachd a gheibhear le bhith ag obair uairean sùbailte a thathar a' cosnadh gun a bhith gan gabhail le luchd-obrach aig deireadh na bliadhna chun na h-ìre gu bheil cead aig luchd-obrach fòrladh a thoirt air adhart a-steach don bhliadhna an dèidh làimhe.

### Cosgaisean Pheinnseanan

Tha luchd-obrach uile Coimisean na Croitearachd gam fastadh le Riaghaltas na h-Alba an-dràsta. Tha cosgaisean thuarastalan is pheinnseanan gam pàigheadh gu dìreach le Riaghaltas na h-Alba. Buinidh na cosgaisean seo a tha gan ainmeachadh ann an cunntasan Coimisean na Croitearachd ris an ùine sam faigh e buannachd bho sheirbheisean an neach-obrach. Tha seo a' gabhail a-steach shuimeannan gan còmhach leis na h-ullachaidhean ann am prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra, sgeama shochairan air am mìneachadh, a tha gam pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba don sgeama mar thàrmachadh. Tha fiachanas gus sochairan a phàigheadh anns an ùine air thoiseach na chis don sgeama.

### 1.6 Na Gheibhear ann am Malairt

Tha a h-uile sùim adhbharach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2017 ga toirt a-steach anns an Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta, chan eil e gu diofar cuin a fhuair na pàighidhean fhèin.

### 1.7 Na tha ri Phàigheadh ann am Malairt

Tha a h-uile suim adhbharach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2017 ga toirt a-steach anns an Aithris mu Chaiteachas Glan Coileanta, chan eil e gu diofar cuin a fhuair na pàighidhean fhèin.

### 1.8 Airgead Ullamh agus Co-ionann ri Airgead Ullamh

Tha airgead ullamh agus co-ionann ri airgead ullamh mar airgead ullamh sa bhanca agus air làimh.

### 1.9 Tabhartas gus Cuideachadh

Tha Coimisean na Croitearachd a' faighinn Tabhartais gus Cuideachadh gus an caiteachas glan aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga chur mar chreideas ris an tasgadh choitcheann san

ùine dham fuair e. Tha cosgais ghlan Coimisean na Croitearachd ga chur mar chis air a' mhaoin seo.

### 1.10 Ullachaidhean

Tha ullachadh aig Coimisean na Croitearachd airson dhleastanasan laghail no cruthachail a tha mì-chinnt mun deidhinn a thaobh ùine is suim a' nochdadh air a' cheann-latha air an duilleig-chothromachaidh mar an tuairmeas as fheàrr mun chaiteachas a bhios a dhith gus an dleastanas sin a choileanadh.

### 1.11 Fiachanas Tuiteamach

Tha fiachanas tuiteamach ga aithneachadh a thaobh: dleastanasan dh'fhaodadh èirigh às na thachair roimhe a bhios gan dearbhadh nuair a thachras rudan san àm air thoiseach air nach eil cothrom aig Coimisean na Croitearachd no dleastanasan a tha ann an-dràsta ag èirigh às na thachair roimhe a bhios a dhith gus an dleastanas a shocrachadh air neo nach eil e comasach a thomhas gu h-earbsach.

### 1.12 Gabhail ri Inbhean Ùra is Leasaichte

Aig ceann-latha ùghdarrachadh nan aithrisean ionmhasail seo, bha an Inbhe is am Mìneachadh a leanas nach deach a chur an sàs anns na h-aithrisean ionmhasail seo air a bhith mu sgaoil ach gun bhrìgh aca fhathast (agus ann an cuid de shuidheachaidhean cha deach gabhail riutha le Aonadh na h-Eòrpa fhathast):

IFRS 9, Ionnsramaidean Ionmhasail (2014) (le brìgh bho 1 Faoilleach 2018)

Chan eil Coimisean na Croitearachd an dùil gun toir gabhail ris an Inbhe is a' Mhìneachadh air a bheil iomradh gu h-àrd buaidh bhunaiteach air aithrisean ionmhasail Coimisean na Croitearachd san ùine air thoiseach.

Chaidh na h-atharrachaidhean a leanas air Inbhean, a chuir Bòrd Eadar-nàiseanta Inbhean Cunntasachd a-mach, aig a bheil brìgh èigheachail sa bhliadhna a tha ann an-dràsta, a bheachdachadh is gabhail riutha le Coimisean na Croitearachd:

- Atharrachadh air IAS 16 is IAS 38 Soilleireachadh mu Mhodhan Ceadaichte Ìsleachaidh is Lùghdachaidh
- Leasachaidhean Bliadhnail air Cuairt 2012-2014
- Atharrachaidhean air IAS 1 – Tionnsgnadh Nochdaidh
- Atharrachaidhean air IAS 7 – Tionnsgnadh Nochdaidh
- Tionnsgnadh Nochdaidh (Atharrachaidhean air IAS 7) – le brìgh fad ùineachan bliadhnail air no an dèidh 1 Faoilleach 2017.

### 1.13 Breitheanas air Cunntasachd agus Tùsan Bunaiteach Measaidh

Ann an cur an sàs poileasaidhean cunntasachd Coimisean na Croitearachd air a bheil iomradh ann an Nota 1, feumaidh am Bòrd breitheanas, measaidhean agus gabhail ris a dhèanamh mun ìre de mhaoin is de dh'fhiachanas nach eil follaiseach gun dàil bho thùsan eile a ghabhas giùlan. Tha na measaidhean agus an gabhail ris seo nan lùib stèidhichte air fiosrachadh eachdraidheil agus nithean eile a thathar a' meas buntainneach. Faodaidh na toraidhean fhèin a bhith diofraichte bho na measaidhean seo. Tha na measaidhean agus an gabhail ris nan lùib gan ath-bhreithneachadh gu leanmhainneach.

Tha atharrachaidhean air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine nuair a nithear ath-bhreithneachadh air a' mheasadh ma bhios an t-atharrachadh a' bualadh air an ùine sin a-mhàin, no ann an àm an ath-bhreithneachaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios an t-ath-bhreithneachadh a' bualadh air an ùine an-dràsta agus air thoiseach le chèile. Chan eil na Coimiseanairean den bheachd gu bheil breitheanas no tùsan mì-chinnt measaidh sam bith a dh'fheumar nochdadh seach na poileasaidhean gu h-àrd a chur an sàs.

## 2. Teachd-a-steach eile

Aithnichear an teachd-a-steach eile air fad a dh'fhaodadh Coimisean na Croitearachd fhaighinn nach eil na Thabhartas-mar-Thaic anns a' bhliadhna anns a bheil e ri fhaotainn.

	2017 £000	2016 £000
Maoineachadh ann an Èiginn bho Riaghaltas na h-Alba	229	371
<b>Iomlan</b>	<b>229</b>	<b>371</b>

Chaidh teachd-a-steach eile (maoineachadh ann an èiginn) a phàigheadh do Choimisean na Croitearachd gus goireasan a bharrachd a mhaoineachadh agus caochladh dhreuchdan is dhleastanasan a chaidh a thoirt a-steach ann an Achd 2010 a tharraing a-mach.

## 3. Caiteachas obrachaidh eile

	2017 £000	2016 £000
Cosgaisean àiteachan-fuirich	163	198
Sìostam fiosrachaidh is cian-chonaltradh	80	88
Trèanadh	43	31
Conaltradh	60	71
Cosgaisean sanasachd riaghlachail	39	44
Cosgaisean cho-labhairtean is siubhail do Choimiseanairean	4	5
Siubhal is lòn – luchd-obrach	22	20
Siubhal is lòn - Coimiseanairean	32	43
Cosgaisean laghail	14	12
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh	17	15
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh	7	9
Cosgaisean ruithe eile	118	113
	599	649
<u>Mìrean neo-airgid</u>		
Ìsleachadh	34	39
Lùghdachadh	48	36
	681	724

## 4. Uidheam Teicneòlais Fhiosrachaidh

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2015	206
Cur-ris	14
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>220</b>
<b>Ìsleachadh</b>	
1 Giblean 2015	(139)
Air a chur mar chis anns a' bhliadhna	(39)
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>(178)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean</b>	
31 Màrt 2015	67
31 Màrt 2016	42
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2016	220
Cur-ris	15
Riarachadh	(28)
<b>31 Màrt 2017</b>	<b>207</b>
<b>Ìsleachadh</b>	
1 Giblean 2016	(178)
Air a chur mar chis anns a' bhliadhna	(34)
Riarachadh	28
<b>31 Màrt 2017</b>	<b>(184)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2016	42
31 Màrt 2017	23

## 5. Maoin dho-bheantainneach – Bathar-bog

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2015	740
Cur-ris	107
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>847</b>
<b>Lùghdachadh</b>	
1 Giblean 2015	(643)
Air a chur mar chis anns a' bhliadhna	(36)
<b>31 Màrt 2016</b>	<b>(679)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2015	97
31 Màrt 2016	168
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2016	847
Cur-ris	6
Riarachadh	(184)
<b>31 Màrt 2017</b>	<b>669</b>
<b>Lùghdachadh</b>	
1 Giblean 2016	(679)
Air a chur mar chis anns a' bhliadhna	(48)
Riarachadh	184
<b>31 Màrt 2017</b>	<b>(543)</b>
<b>Luach glan a rèir nan leabhraichean aig</b>	
31 Màrt 2016	168
31 Màrt 2017	126

Tha maoin dho-bheantainneach air a dèanamh suas le bathar-bog a chaidh a chleachdadh gus obair Coimisean na Croitearachd a tharraing a-mach.



## 6. Na Fhuairadh bho mhalairt agus maoin ruithe eile an-dràsta

Suimeannan dligheach an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2017 £000	2016 £000
Na fhuairadh	25	0
Ro-phàighidhean	33	34
<b>Iomlan</b>	<b>58</b>	<b>34</b>

## 7. Airgead ullamh agus co-ionann ris

	2017 £000	2016 £000
Cothrom aig 1 Giblean 2016	100	81
Atharrachadh glan air airgead ullamh agus co-ionann ris	(7)	19
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2017</b>	<b>93</b>	<b>100</b>
Bha na cothroman a leanas aig 31 Màrt air an cumail le Seirbheis Bancaidh an Rìaghaltais agus mar airgead an làimh	93*	100
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2017</b>	<b>93</b>	<b>100</b>

\* Tha an air a dhèanamh suas de thasgaidhean airgid Coimisean na Croitearachd agus £72k de mhaoin a thogadh às leth Clàran na h-Alba. Bha an £100k sa bhliadhna roimhe air a dhèanamh suas de dh'airgead £21k le Coimisean na Croitearachd agus £79k le Clàran na h-Alba.

## 8. Ri pàigheadh ann am malairt agus fiachanas eile an-dràsta

Suimeannan dligheach an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2017 £000	2016 £000
Tairbheachadh	111	86
Fiachanas eile	72	79
<b>Iomlan</b>	<b>183</b>	<b>165</b>

## 9. Ullachaidhean

	2016-17 £000
Cothrom tòiseachaidh 1 Giblean 2016	16
Caiteachas anns a' bhliadhna air a chur mar chis an aghaidh an ullachaidh	13
<b>Cothrom dùnaidh aig 31 Màrt 2017</b>	<b>3</b>

Tha an t-ullachadh mar chosgaisean laghail air thuairmse a bhuilicheadh an aghaidh Coimisean na Croitearachd.

## 10 Fiachanas tuiteamach

Dh'fhaodadh na Cùirtean cosgaisean a thàinig air luchd-agairt ann an cùisean-lagha sna cùirtean a bhuilicheadh an aghaidh Coimisean na Croitearachd. Tha na cosgaisean seo gam meas aig mu £11,200.

Seach nach tèid an t-uallach seo a dh'fhaodadh èirigh a dhearbhadh tro cho-dhùnaidhean leis na Cùirtean san ùine air thoiseach air nach eil cothrom aig Coimisean na Croitearachd, thathar air seo a nochdadh mar fhiachanas tuiteamach.

## 11 Tar-ghnìomhan le pàrtaidhean ceangailte

Tha Coimisean na Croitearachd na NDPB le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' meas gu bheil na buidhnean a leanas nam pàrtaidhean ceangailte:

Bha tar-ghnìomhan nach bu bheag eadar Buidheann-stiùiridh Pàighidhean is Sgrùdaidhean Dùthchail Riaghaltas na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd sa bhliadhna. Chaidh tar-ghnìomhan ionmhais leis an Bhuidhinn a dhèanamh suas le Tabhartas-mar-Thaic de £2,437,293 mar a nochdadh anns an aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cise agus teachd-a-steach eile de £229,246 (nota 2, duilleag 52).

Tha Coimisean na Croitearachd ann an togalach le Dualchas Nàdair na h-Alba. Thàinig tar-ghnìomhan sa bhliadhna le DNA gu £208,725.

## 12 Ionnsramaidean ionmhais

Aithnichear maoin is fiachanas ionmhasail nuair a bhios Coimisean na Croitearachd mar phàrtaidh ann an ullachadh cunnrachail ionnsramaid. Tha gach maoin is fiachanas ionmhasail gan tomhas an toiseach aig prìs tar-ghnìomha (cosgaisean tar-ghnìomha san àireamh). Chan eil aig Coimisean na Croitearachd de mhaoin ach de sheòrsa a tha uidheamaichte mar ionnsramaidean bunaiteach ionmhasail. Aithnichear ionnsramaidean bunaiteach ionmhasail an toiseach air luach tar-ghnìomha agus thathar gan tomhas an dèidh sin aig an luach shocrachaidh a tha orra.

Airson adhbharan àbhaisteach obrachaidh cha bhi airgead-ullamh no cothroman co-ionann gan cumail aig Coimisean na Croitearachd seach na tha a dhìth gus creideasairean an-dràsta a phàigheadh – tuarastalan agus creideasairean-reic. Tha maoin ionmhasail Coimisean na Croitearachd ga dèanamh suas dìreach le airgead-ullamh sa bhanca.

-Tha ùghdarrachadh mu airgead-ullamh ga thoirt le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ìre gum bi caiteachas ga chòmhdach le ùghdarras mu bhuidseat. Cha bhi Coimisean na Croitearachd ga nochdadh do ghàbhaidhean a thaobh lionntachd mar sin.



**COIMISEAN NA CROITTEARACHD  
STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA**

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri paragraf 19 de Sgeideal i ri Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, a' toirt an stiùiridh a leanas le seo.
2. Gèillidh aithris nan cunntasan airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2013, agus nam bliadhnaichean an dèidh sin, do na prionnsapalan mu chunntasachd agus do na feumalachdan mu nochdadh san eagraan den Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais nuair a bhios e ann an gnìomh fad na bliadhna dhan tèid an aithris ionmhais ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh a thoirt a tha fìor is ceart den teachd-a-steach is den chaiteachas is den t-sruthadh-airgid airson na bliadhna ionmhais agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Nochdaidh an stiùireadh seo mar leasachan ris an aithris air cunntasan.

Air a shoighneachadh le Ministearan na h-Alba

Ceann-latha 26/10/12

